The plural is often formed by adding **-ean** or **-an** to the end of the noun, depending on whether the last vowel in the noun is slender or broad – remember them?

Broad: *a, o, u* plural ending   **-an**

Slender: *e, i* plural ending   **-ean**

**bròg** changes to **brògan** (last vowel is broad)

**stocainn** changes to **stocainnean** (last vowel is slender)

Not all nouns work like this, but you should start by recognising the ones that do!

For more work and other examples of this see **Ceumannan càinain** page 350.



## 17. Nam bheachd...

- Dè an t-aodach a th' air na daoine seo?
- Sgrìobh liosta no dèan dealbh.
- Dè do bheachd fhèin?

Read what these people are wearing. Write a list for each person or make a labelled sketch. What do you think of their fashion sense? Write your own adjective under each list to express your opinion.

Mar eisimpleir:

**Anna:**

briogais mhòr, phurpaidh; ad mhòr, bhuidhe; lèine ghorm; brògan uaine

big, purple trousers; big, yellow hat; blue shirt; green shoes

Nam bheachd, grad!

In my opinion, terrible!

or

Nam bheachd, snog!

In my opinion, nice!



**a. Barabal**

Tha sgiorta bheag dhubh, brògan uaine, còta dubh, ad gheal agus stocainnean orains orm.



**c. Catrìona**

Tha dreasa phinc, geansaidh donn, sgarfa dubh, bòtannan uaine agus seacaid ghlas orm.



**b. Seòras**

Tha briogais ghorm, lèine gheal, taidh phurpaidh agus ad dhearg orm.



**d. Cailean**

Tha briogais phinc, lèine-T bhuidhe, sgarfa dearg agus brògan-spòrs orm.

Dè an t-aodach a th' ort? What clothes are you wearing?

When you reply, you say: Tha lèine ghorm orm. I am wearing a blue shirt.

You could also ask a friend the question:

A bheil briogais ghlas ort? Are you wearing grey trousers?

He/she might reply:

Chan eil. Tha briogais dhubh orm. No. I am wearing black trousers.

If you want to talk about what other people are wearing you say:

Tha còta uaine air. He is wearing a green coat.

Tha geansaidh buidhe oirre. She is wearing a yellow jumper.

If you want to use the person's name, you say:

Tha seacaid dhearg air Iain. Tha ad gheal air Eilidh.

For more work and other examples of this see Ceumannan cànan page 349.




## 18. Tha ad phurpaidh orm

- Dèan dealbh dh'ot fhèin.
- Cuir an t-aodach as fheàrr leat ort.

Draw a picture of yourself wearing your favourite outfit, or cut a picture from a magazine and stick it into your jotter. Label your picture. Try to use **Tha ... orm**.

Mar eisimpleir:



## 19. Tha taidh air

- Dè an t-aodach a th' air do charaidean an-diugh?
- Obraich ann am buidheann.
- Buidhinn air aodach dhaoine eile.

In your groups, look at what the others are wearing. Take turn about to describe someone else in the group – or in other groups. The others should guess who it is.

Mar eisimpleir:

**Sine:** Tha seacaid dhubh, lèine agus taidh air.  
**Ealasaid:** An e sin Mgr Ros?  
**Sine:** Ceart. 'S e.

You have reached the end of **Modal 3 Aonad 1**.

## 'S math a rinn thu!

Now check your success list to see how you are getting on.



## Faclan is Abairtean

### Dè an dath a th' air?

#### Dathan

buidhe  
dearg  
donn  
dubh  
geal  
glas  
gorm  
liath  
orains  
pinc  
purpaidh  
ruadh  
uaine

#### Aodach

ad, an ad (f)  
aodach, an t-aodach (m)  
bòtannan  
briogais, a' bhriogais (f)  
bròg, a' bhròg (f), brògan  
brògan-spòrs  
còta, an còta (m)  
dresa, an dresa (f)  
drathais, an drathais (f)  
geansaidh, an geansaidh(m), geansaidhean  
lèine, an lèine (f)  
lèine-T, an lèine-T (f)  
miotag, a' mhiotag (f), miotagan  
seacaid, an t-seacaid (f), seacaidean  
sgarfa, an sgarfa (m)  
sgiorta, an sgiorta (f)  
stocainn, an stocainn (f), stocainnean  
taidh, an taidh (f)

### Dè an t-aodach a th' ort?

A bheil briogais ghlas ort?  
Tha ad gheal air Eilidh.  
Tha còta uaine air.

### What colour is it?

#### Colours

yellow  
red  
brown  
black  
white  
grey  
blue  
light blue/grey hair  
orange  
pink  
purple  
reddish-brown/red hair  
green

#### Clothes

hat, the hat  
clothes, the clothes  
boots  
trousers, the trousers  
shoe, the shoe, shoes  
trainers  
coat, the coat  
dress, the dress  
pants, the pants  
jumper, the jumper, jumpers  
shirt, the shirt  
T-shirt, the T-shirt  
glove, the glove, gloves  
jacket, the jacket, jackets  
scarf, the scarf  
skirt, the skirt  
sock, the sock, the socks  
tie, the tie

### What clothes are you wearing?

Are you wearing grey trousers?  
Helen is wearing a white hat.  
He is wearing a green coat.

Tha geansaidh buidhe oirre.  
Tha lèine ghorm orm.  
Tha seacaid dhearg air lain.  
Tha thu spaideil!

## Samhlaidhean is Abairtean

cho geal ri gruth  
cho dubh ri gual  
cho gorm ri fear  
cho donn ri cnò  
cho mòr ri beinn  
cho trang ri seillean  
dearg amadan  
dubh chàineadh  
Nach buidhe dhut!  
cuideachd  
mo bheachd  
nam bheachd

She is wearing a yellow jumper.  
I am wearing a blue shirt.  
lain is wearing a red jacket.  
You look smart!

## Similes and Expressions

as white as crowdie (a sheet)  
as black as coal  
as blue (green) as the grass  
as brown as a nut  
as big as a mountain  
as busy as a bee  
red fool/total idiot  
fierce criticism  
Aren't you lucky!  
also, too  
my opinion  
in my opinion















## Sùil air ais 1 Dè an dath a th' air?

- Lìon na beàrnan le dath ann an Gàidhig.

Fill in the blanks with a colour in Gaelic.

	1. _____		6. _____
	2. _____		7. _____
	3. _____		8. _____
	4. _____		9. _____
	5. _____		10. _____



## Sùil air ais 2 Stocainnean dearga

- Leugh na h-earrannan.
- Dè tha na daoine ag ràdh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

A group of school pupils is away on a trip. They are discussing clothes. Read each section and write what each pupil says in English.

- Catrìona:** Dè an t-aodach a th' ort, a Mhàiri?

**Màiri:** Seall seo! Tha lèine-T ghorm, geansaidh dubh agus stocainnean dearga orm.

**Catrìona:** Tha an geansaidh snog, a Mhàiri. Tha e cho dubh ri gual.
- Daibhidh:** Dè an t-aodach a tha air Seumas?

**Dòmhnall:** Tha brògan spòrs agus seacaid dhearg air. Tha sgarfa buidhe air cuideachd.\*

Nam bheachd, tha an sgarfa brèagha.

**Daibhidh:** Nach buidhe dhut! Nam bheachd, tha e uabhasach!
- Cailean:** Hai, a Shìne! Tha lèine gheal agus còta donn orm.

**Sìne:** Tha an lèine snog. Obh, obh, a Chailein! Seall Ealasaid! Tha còta glas oirre.

Chan eil i a' coimhead spaideil idir.

**Cailean:** Bi modhail, a Shìne!

\*cuideachd – also, too





## Sùil air ais 3 A' dol a-mach

- Èist ris an earrainn. (Earrann 9)
- Tha na sgoilearan a' dol a-mach.
- Dè an t-aodach a th' orra?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Listen to the extract.

The pupils are going out.

What are they wearing?

Copy the table and write your answers in English.

Ainm/Name	Dath/Colour	Aodach/Clothes
a. Malcolm		
b.		
c.	hat	
d.		
e.	jacket	
f.		



## Sùil air ais 4 Seall an t-aodach orm an-diugh

- Èist ris an òran. (Earrann 10)
- Seinn an t-òran còmhla.

Listen to the song. Sing it together. You could record the song in a group wearing the different clothes mentioned.

Seall an t-aodach orm an-diugh:  
Seacaid ghorm, brògan dubh'.  
Seall an t-aodach orm an-diugh:  
Tha mi a' coimhead spaideil!

Sèist: 'S a io alo a laididh um  
'S a io alo a laididh um  
'S a io alo a laididh um  
Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm an-dràst:  
Geansaidh uaine, còta glas.  
Seall an t-aodach orm an-dràst:  
Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm san sgoil:  
Briogais dhubh is lèine gheal.  
Seall an t-aodach orm san sgoil:  
Tha mi a' coimhead spaideil!

Cuir ort miotagan is sgarf!  
Siuthad - tha sinn 'dol a-mach!  
Cuir ort miotagan is sgarf!  
Tha sinn a' coimhead spaideil!





## Dathan ann an cultar na Gàidhlig

Blue grass? What happened to green grass? In Gaelic, the grass is never green – at least, it's never **uaine**. All green things in nature in Gaelic, like leaves, trees, grass etc are described as **gorm**.



- Èist ris an òran. (Earrann 11)
- Seinn an t-òran còmhla.

We can see this illustrated in the traditional song **'S ann an Ìle**. Listen to the song and listen carefully for the line, **'S ann an Ìle ghorm an fheòir** - It was in Islay of the green grass.

There is also one other colour mentioned in the song. Can you spot it?

Why not have a go at learning some of the song?

It's got a catchy tune and is very easy .

**'S ann an Ìle...**



**Sèist:**

'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,  
'S ann an Ìle rugadh mi,  
'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,  
'S ann an Ìle bhòidheach.

**Rannan:**

'S ann an Ìle ghorm an fheòir  
A rugadh mi 's a thogadh mi,  
'S ann an Ìle ghorm an fheòir  
A rugadh mi 's a bha mi.

'S ann an Ìle bhòidheach  
A rugadh mi 's a thogadh mi,  
'S ann an Ìle bhòidheach  
A rugadh mi 's a bha mi.

Nuair a bha mi ann an Ìle  
Bha Catrìona cuide rium,  
Nuair a bha mi ann an Ìle  
Bha Catrìona còmh' rium.

Am measg nam bruachan bòidheach,  
buidhe,  
Bha Catrìona cuide rium,  
Am measg nam bruachan bòidheach,  
buidhe,  
Bha Catrìona còmh' rium.





## Faigh fios:

There is a place in Islay called **Ionad Chaluim Chille Ìle**.  
On the internet, find out what it is and what you can do there.



## Beagan dath!

Colours are often used in expressions in Gaelic – especially in similes.

A *simile* is when you compare something to something else or you describe something using the words *like* or *as*.

You already know one simile in Gaelic. Remember **Cho tinn ri cù?** Look back to **Modal 1 Aonad 2** if you can't remember what it means.

Using similes when you speak or write can add colour to your language and make what you are saying much more interesting and much more fluent!



## Obair Cho geal ri gruth

### 1. De tha iad a' ciallachadh

Have a look at these simple similes. They all contain adjectives that you have seen before. Can you work out what they mean? You may need a dictionary.

- Cho geal ri gruth
- Cho donn ri cnò
- Cho gorm ri fear
- Cho dubh ri gual
- Cho trang ri seillean
- Cho mòr ri beinn

Cho geal ri gruth



### 2. Dèan dealbh de shamhla.

Make a simile picture. It will help you remember your chosen simile.

Mar eisimpleir:

Cho mòr ri beinn



### 3. Dèan samhla dhut fhèin

Make up your own simile

Follow this simple formula:

**Cho** + an adjective + **ri** + noun = a simile!

As \_\_\_\_\_ as a \_\_\_\_\_.



## Faigh fios:

- Dè tha iad seo a' ciallachadh?

Colours can sometimes be used to give emphasis to something.

Can you find out what these mean?

- dearg amadan
- dubh chàineadh





## Dè tha anns a' bhaga?

Learn some commonly used  
nouns

Learn to ask what something is  
and reply

**Cànan:**

Definite and indefinite article

Possessive article







## 1. De tha anns a' bhaga?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 1)
- Dè tha anns a' bhaga?

Listen to the passage. What do these people have in their bags?



## 2. Tha rùilear nam bhaga

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air na dealbhan air duilleag 110.
- Comharraich rud, turas mu seach.
- Dè th' ann?



Working in pairs, look at the pictures on page 110.

Take turns to point to the different items. What are they?

Mar eisimpleir: **Calum:** Dè tha sin?

**Màiri:** Sin peansail. 'S e peansail a th' ann.



## 3. Am Baga-sgoile

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Dè tha anns a' bhaga?
- Sgrìobh an clàr.

Listen to the passage. What's in the bag?  
Copy the table.

Ainm/Name	Anns a' bhaga/In the bag
a.	
b.	
c.	
d.	
e.	
f.	



## 4. Nam bhaga...

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Turas mu seach, leugh am fiosrachadh anns na bogsaichean.
- Dè tha anns a' bhaga?
- Sgrìobh ann am Beurla.

With a partner, take turns to read aloud the information given by the people.  
What's in the bags? Write your answers in English.



a. Eilidh

Tha poca-peansail, fòn-làimhe, agus rùilear nam bhaga.



b. Daibhidh

Is mise Daibhidh. Tha rubair, peann, peansail agus àireamhair nam bhaga.



c. Màiri

Nam bhaga, tha botal uisge, sporan, leabhar-sgrìobhaidh agus aodach-spòrs.




## Dè tha anns a' bhaga?




a. бага



b. peann




c. peansail



d. leabhar




e. leabhar-sgrìobhaidh




f. planair



g. fòn-làimhe



h. sporan



i. poca-peansail



j. rubair



k. àireamhair



l. rèilear



m. botal uisge



n. aodach-spòrs



## 5a. Bagaichean

- Seall air na багаichean gu h-ìseal.
- Dè tha anns na багаichean?
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.

Look at the contents of the bags below. Write the sentences in Gaelic.

Mar eisimpleir: **Anns a' bhaga, tha sporan agus botal uisge.**



a.



b.



c.



## 5b. Mo bhaga fhèin

- Nise, sgrìobh mu do bhaga fhèin.

Now write about what's in your own bag. Draw a picture of the bag and what's in it and write the sentence in Gaelic below it. At the top of your picture, write: **Dè tha nam bhaga?**



## 6. Dè tha anns a' bhaga?

- Obraich còmhla ris a' chlas.
- Tha sibh a' dol a chluich gèam.
- Lìonaidh an tidsear бага.

The teacher will organise a bag with some school items in it. Turn about, without looking, members of the class will try to guess three items they take out of the bag. They should tell the others in Gaelic what they have. The teacher will then ask the class if he/she is **ceart** or **ceàrr**.

Mar eisimpleir: **Anns a' bhaga, tha fòn-làimhe, rubair agus peann.**





## 7. A' dol dhan sgoil

- Tha Ruairidh a' dèanamh deiseil airson na sgoile. (Earrann 3)
- Dè tha na bhaga?

Ruairidh is getting ready for school.

What is in his bag? Make a list.

What does he forget?



## 8a. Mo phlanair

- Cuir iad seo anns a' cholbh cheart.

Put these in the correct column. Remember how some words change after **mo**.

- |                        |                  |
|------------------------|------------------|
| a. ad                  | h. peansail      |
| b. àireamhair          | i. planair       |
| c. aodach-spòrs        | j. poca-peansail |
| d. botal uisge         | k. rubair        |
| e. brògan-spòrs        | l. seacaid       |
| f. fòn-làimhe          | m. sporan        |
| g. leabhar-sgrìobhaidh |                  |

	mo	m'
a.		
b.		
c.		
d.		
e.		
f.		
g.		
h.		
i.		
j.		
k.		
l.		
m.		

To say that something is mine you say **mo** or **m'**, followed by the thing that you are talking about: **mo pheansail**.

To say that something is yours, you say **do** or **d'**, followed by the thing that you are talking about: **do pheann**.

peann	a pen	mo pheann	my pen
àireamhair	a calculator	m' àireamhair	my calculator
rùilear	a ruler	mo rùilear	my ruler


You will see that **mo** is shortened to **m'** before a vowel or vowel sound.

If the noun following begins with an *f*, **mo** is shortened to **m'** and an *h* is added to the noun: **m' fhòn-làimhe**.

**Mo** and **do** can change the word that comes after them. This is called lenition. Look back to **Modal 2 Aonad 2** to remind you of the rules.

Try these when you want to say *in my*, *in your* etc:

na + mo	= nam bhaga	in my bag
na + mo	= nam bheachd	in my opinion
na + a	= na bhaga	in his bag
na + a	= na бага	in her bag



## 8b. Seo mise anns a' chlas

- Dèan dealbh dh'ot fhèin anns an sgoil.

Draw a picture of yourself at school with all your school equipment. Label your picture, showing the items you use in school. You could include labels for your clothes too now that you know them all.

Mar eisimpleir:

mo leabhar



## 9. Planair agus rubair

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4)
- Tha a' Bh-Uas NicDhòmhnaill a' sealltainn diofar rudan dhan chlas.
- Dè na rudan a th' aice?
- Cuir ✓ aig ceart no ceàrr.
- Sgrìobh an clàr.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Miss MacDonald is showing:	ceart	ceàrr
a. Karen a jotter.		✓
b. John a pencil case.		
c. Sarah a pen.		
d. Colin a bottle of water.		
e. Mary a calculator.		
f. Patrick a bag.		

Miss MacDonald is testing her Gaelic class on how well they know classroom objects. What objects does she have? Tick **ceart** or **ceàrr**. Copy the table. The first one has been done for you.



## 10. Dè tha seo

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Gabh turas mu seach.
- Seall rud anns a' chlas dha do charaid.
- Dè th' ann?

Work with a partner. Take turn about. Show your partner some objects in the classroom. Ask him **Dè tha seo?** or **An e ... a th' ann?** Tell your partner whether he/she is **ceart** or **ceàrr** and congratulate him/her on a right answer.

To check what something is, you ask: **An e... a th' ann?**

Mar eisimpleir: **An e peansail a th' ann?** Is it a pencil?

You have seen questions beginning with **An e...?** before.

To answer, you say:

'S e peansail a th' ann. It is a pencil.

Chan e peansail a th' ann. It's not a pencil.

'S e. Yes, it is.

Chan e. No, it's not.

Remember, whenever a question begins with **An e...?** always be ready with the answer **'S e** or **Chan e**.



## 11. Dè th' ann?

- Dèan taghadh air ciamar a nì thu am pìos obrach seo.
- Bruidhinn no sgrìobh?

Choose which way you will do this task. Talk or write?

**Bruidhinn:** Give your partner some clues for different classroom objects:

Mar eisimpleir:

You: You need this if you make a mistake.

Partner: An e rubair a th' ann?

You: Ceart. 'S e rubair a th' ann. Glè mhath!

or

**Sgrìobh:** Write a list of clues for your partner. Ask him/her to fill in the answers in Gaelic.

Mar eisimpleir:

You need this if you make a mistake.

'S e rubair a th' ann.



Your partner should do the same for you. Swap clues at the same time and see who finishes first. Mark each other's work and write a comment on it.



## 12. Am Baga

- Cuir na h-ainmearan anns a' cholbh cheart.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.
- Dèan clàr mar seo.

Put the following nouns in the correct column. Write in Gaelic. Remember you will need to know whether each one is masculine or feminine. Make a table like the one started for you below.

am	an t-	an	a'
am бага			



- |                        |                |
|------------------------|----------------|
| 1. leabhar-sgrìobhaidh | 11. àireamhair |
| 2. бага                | 12. peann      |
| 3. lèine               | 13. miotag     |
| 4. fòn-làimhe          | 14. planair    |
| 5. sporan              | 15. geansaidh  |
| 6. poca-peansail       | 16. còta       |
| 7. rùilear             | 17. bròg       |
| 8. aodach              | 18. leabhar    |
| 9. botal               | 19. uinneag    |
| 10. seacaid            | 20. lèine      |





## 13. Litreachadh

- Coimhead air na faclan.
- Sgrìobh na faclan.
- Dèan cinnteach gu bheil iad ceart.

### Look, say, cover, write, check

Copy the list below and use the **Taic** strategies for spelling you used in **Modal 1** and **Modal 2** to practise some familiar words. Don't forget about the accents. They are very important. They can change the meaning of a word.

- |                        |                  |
|------------------------|------------------|
| 1. botal uisge         | 11. àireamhair   |
| 2. sporan              | 12. rùilear      |
| 3. бага                | 13. aodach-spòrs |
| 4. peann               | 14. lèine        |
| 5. peansail            | 15. brògan       |
| 6. leabhar             | 16. seacaid      |
| 7. leabhar-sgrìobhaidh | 17. briogais     |
| 8. planair             | 18. a' fuireach  |
| 9. fòn-làimhe          | 19. Inbhir Nis   |
| 10. poca-peansail      | 20. ceàrr        |



Now that you have worked through your list, look over your friend's list to see how he/she got on. Write a comment in Gaelic on his/her work. Now set a little spelling test for your partner. Practise together.

Gaelic may have no word for *a*, but it has more than one word for *the*. The word *the* in English is called the definite article.

Mar eisimpleir: **am peann** the pen **an rùilear** the ruler

Choosing which *the* to use in Gaelic before a noun depends on:

- whether the noun is feminine or masculine
- whether the noun is singular or plural
- which letter the noun starts with.

The classroom objects you have been learning in this unit are all singular and masculine. Below are three words for *the* to use with masculine nouns.

<b>am</b>	for nouns starting with <i>b, f, m, p</i>	→	<b>am peansail</b>	the pencil
<b>an t-</b>	for nouns starting with vowels	→	<b>an t-aodach</b>	the clothes
<b>an</b>	for nouns starting with any other letter	→	<b>an leabhar</b>	the book

If the noun is feminine, the word for *the* will be:

<b>a'</b>	for nouns starting with <i>b, c, g, m, p</i>	→	<b>a' bhròg</b>	the shoe
<b>an (+h)</b>	for nouns starting with <i>f</i>	→	<b>an fhreagairt</b>	the answer
<b>an t-</b>	for nouns starting with <i>sl, sn, sr, s + vowel</i>	→	<b>an t-sràid</b>	the street
<b>an</b>	for nouns starting with any other letter	→	<b>an uinneag</b>	the window

If the noun is plural, the word for *the* will be: **na**

**na brògan** **na miotagan**

For more see **Ceumannan càinain** page 347.



## 14. Pàdraig anns an sgoil

- Leugh an earrann.
- A bheil thu ga tuigsinn?
- Sgrìobh ann am Beurla i no sgrìobh ceistean dha do charaid.
- Faodaidh tu ceistean a sgrìobhadh ann an Gàidhlig no Beurla.

Read the passage. Do you understand it? Write the passage in English or write questions for your partner to answer. Your questions can be in English or Gaelic. Comment on your partner's work once he/she completes the task.

Dè tha dol?  
Chan eil mòran  
a' dol an seo.



### Pàdraig anns an Sgoil

Is mise Pàdraig Stiùbhart agus tha mi a' fuireach ann an Àird nam Murchan air taobh siar na h-Alba. Cò ris a tha Àird nam Murchan coltach? Uill, tha e brèagha, sàmhach agus càirdeil. Chan eil mi a' fuireach ann am baile mòr. Tha mi a' fuireach air an dùthaich. Dè tha dol? Chan eil mòran a' dol an seo. Chan eil mi gu math. Tha mi ceithir-deug an-diugh agus tha mi anns an sgoil. Tha mi cho tinn ri cù!

Anns an sgoil, tha lèine gheal, geansaidh dubh, taidh agus briogais orm. Tha mo bhriogais dubh agus tha taidh ghorm orm.

Nam bhaga-sgoile, tha àireamhair, planair agus leabhar-sgrìobhaidh. Tha brògan-spòrs orm agus tha m' aodach-spòrs anns a' bhaga cuideachd. Chan eil peansail no rubair agam. Obh, obh!

Seo Maighstir Ros, an tidsear. Chan e tidsear math a th' ann. Chan eil e inntinneach. "Suidhibh sìos agus thoiribh a-mach ur leabhraichean! Bithibh modhail!" Ach, tha Màiri NicLeòid anns a' chlas. Tha i uabhasach snog. Dè an aois a tha i? Och, coma leat! Tha Cailean Moireach anns a' chlas cuideachd – 's e dearg amadan a th' ann!

You have reached the end of **Modal 3 Aonad 2**

### 'S math a rinn thu!

Now check your success list to see how you are getting on.



## Faclan is Abairtean

### Dè tha nad bhaga?

Dè tha anns a' bhaga?  
 Anns a' bhaga, tha...  
 anns a' chlas  
 mo/m'  
 do/d'  
 nam bhaga  
 nad bhaga  
 na bhaga  
 na бага  
 àireamhair, an t-àireamhair (m)  
 aodach-spòrs, an t-aodach-spòrs (m)  
 бага, am бага (m)  
 botal uisge, am botal uisge (m)  
 fòn-làimhe, am fòn-làimhe (m)  
 freagairt, an fhreagairt (f), freagairtean  
 leabhar, an leabhar (m), leabhraichean  
 leabhar-sgrìobhaidh, an leabhar-sgrìobhaidh (m)  
 peann, am peann (m), pinn  
 peansail, am peansail (m), peansailean  
 planair, am planair (m), planairean  
 poca-peansail, am poca-peansail (m)  
 rubair, an rubair (m), rubairean  
 rùilear, an rùilear (m), rùilearan  
 sporan, an sporan (m)  
 Dè tha seo?  
 Dè tha sin?  
 Seo...  
 Sin...  
 Dè th' ann?  
 An e ... a th' ann?  
 'S e ... a th' ann.  
 Chan e ... a th' ann.  
 ceart  
 ceàrr  
 A bheil e ceart?  
 A bheil i ceart?  
 A bheil e ceàrr?  
 A bheil i ceàrr?  
 Tha e ceart.  
 Tha i ceàrr.  
 Chan eil e ceart.  
 Chan eil i ceàrr.  
 gille mòr  
 Aonghas Mòr

### What's in your bag?

What is in the bag?  
 In the bag, there is...  
 in the class  
 my  
 your  
 in my bag  
 in your bag  
 in his bag  
 in her bag  
 calculator, the calculator  
 sports kit, the sports kit  
 bag, the bag  
 bottle of water, the bottle of water  
 mobile phone, the mobile phone  
 answer, the answer, answers  
 book, the book, books  
 jotter, the jotter  
 pen, the pen, pens  
 pencil, the pencil, pencils  
 planner, the planner, planners  
 pencil case, the pencil case  
 rubber, the rubber, rubbers  
 ruler, the ruler, rulers  
 purse/wallet, the purse/wallet  
 What's this?  
 What's that?  
 This is...  
 That is...  
 What is it?  
 Is it a...?  
 It is a...  
 It's not a...  
 correct/right  
 wrong  
 Is he right?  
 Is she right?  
 Is he wrong?  
 Is she wrong?  
 He is right.  
 She is wrong.  
 He isn't right.  
 She isn't wrong.  
 big boy  
 Big Angus



## Sùil air ais 1 Anns a' chlas

- Leugh a' Bheurla.
- Dè tha anns a' bhaga?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



Read the English below. What's in the bag?  
Write the words in Gaelic. The first one has been done for you.

1. I'll use it to add up in Maths today.  
àireamhair
2. I'll copy my homework down in this.
3. I've got plenty of money for lunch in here.
4. I'll have a drink from this after PE.
5. I'll rub out my mistakes with this.
6. I'll text my friends at lunchtime on this.
7. I keep all my writing equipment in here.
8. I'll need this for writing down new words in Gaelic tomorrow.
9. I'll need this outfit for PE.
10. I can draw straight lines with this.




## Sùil air ais 2 An e sporan a tha seo?

- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Answer the questions in Gaelic. The first one has been done for you.



1. An e sporan a tha seo?  
Chan e. 'S e botal uisge a tha seo.



4. An e poca-peansail a tha seo?



2. An e rùilear a tha seo?



5. An e planair a tha seo?



3. An e aodach-spòrs a tha seo?




6. An e peann dearg a tha seo?



## Sùil air ais 3 Sgoilearan

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Tha sgoilearan a' bruidhinn.
- Dè tha anns a' bhaga?

Listen to the classmates speaking about the contents of their bags. Look at the lists below. Write **ceart** for each correct list and **ceàrr** if not all items are correct.



Ainm/Name	Anns a' bhaga/In the bag
a. Donald	blue rubber, yellow pencil
b. Catherine	calculator, purse and a bottle of water
c. Eilidh	mobile phone and a black pen
d. Lucy	book and PE kit
e. Kevin	ruler, pencil-case and red jotter



## Aonghas Mòr

### Giant MacAskill

The story of Giant MacAskill may sound like the stuff of storybooks and legends but it really is true. **Aonghas Mòr** MacAskill, or Giant MacAskill, as he was better known, was the world's largest true giant. Standing at an incredible seven feet nine inches tall and tipping five hundred and eighty pounds on the scales, he certainly earned the nickname **An Gille Mòr** (the big boy). The 1981 *Guinness Book of World Records* lists Angus as the tallest and strongest natural giant who ever lived.

### From one Scotland to another...

Angus MacAskill was born in 1825 on the Island of Berneray in the Western Isles. When he was a little boy his family moved to Cape Breton Island in Nova Scotia, Canada, and it was there that he spent most of his life. Growing up, Angus seemed like a normal enough boy, but when he was about twelve years old he started to grow at an incredible rate. By the time he was twenty, he was almost eight feet tall!

### Super Powers

Giant MacAskill, like a superhero, was well known for incredible feats of strength. He could lift a ship's anchor to chest height – that's more than a ton! He could carry a full-grown man for miles and miles without breaking a sweat and lift a hundredweight (50kg) with two fingers and hold it at arm's length for ten minutes. People also say that he could lift a full-grown horse over a four foot fence and put it down on the other side, as if it were a toy. Although he may have looked scary, Angus was said to be a very gentle and kind man who was well-liked by all those who knew him.




### General Tom Thumb

In 1849, Angus joined the famous *Barnum's Circus*. He would perform with a dwarf, General Tom Thumb, who danced on the palm of his hand! Angus travelled all over America and Europe with the circus and became very famous indeed. Queen Victoria heard stories about MacAskill's great strength and invited him to visit her. She said that he was "the tallest, stoutest and strongest man to ever enter the Palace" and gave him two gold rings as a present.



After many years in the circus, Angus decided to return home to Cape Breton, to the little lakeside village of Englishtown where he opened a village shop. One day, in the summer of 1863, Angus set off on a trip to the city of Halifax, the capital of Nova Scotia, to buy supplies for his shop. During the trip he suddenly became very ill with a brain fever and he was taken back home to his parents' house in Englishtown so that they could look after him. Sadly, there was nothing that they could do and on 8 August 1863, after a week's illness, the gentle giant died peacefully in his sleep at the age of only thirty eight.



## Obair

### A.

1. Where and when was Giant MacAskill born?
2. Where did he live most of his life?
3. When did Angus start to grow at an unusual rate?
4. What height was Aonghas Mòr when he was fully grown?
5. Give an example to show how incredibly strong Aonghas was.
6. How did he become famous?
7. What did he do when he decided to leave *Barnum's*?
8. How and when did Aonghas Mòr die?


### B.

How much bigger was Giant MacAskill than you? With your class, measure 7 ft 9 inches from the floor up one of the classroom walls or you could try drawing a lifesize figure of him on frieze paper. Use the statistics to help you. Stand next to him to get a feel for how big he really was.



## Faigh fios

There are two Giant MacAskill museums in the world. One of them is in his home town of Englishtown, in Cape Breton. Find out where the other one is. If it is near where you live, go and have a look for yourself. You might find some more information about him on the internet.





## Taic 3


### Flashcards



Making and using your own set of flashcards is one of the best ways to help you learn, understand and remember new vocabulary effectively. It will help you with your class work and homework and will make preparing for tests much easier.

Flashcards are easy and quick to make. All you need is some scrap paper or card cut into small squares. On one side of a card write a Gaelic word or phrase. On the other, write the English or – even better – draw or stick on a picture that shows the meaning of the Gaelic word.

Matching a Gaelic word with a picture in your mind is the quickest and easiest way for your brain to learn new words and make them stick fast! You can use your cards on your own, with a partner or with a group. If you work with others, you can make up games and competitions together to make learning more fun. **Siuthad! Feuch air!**



### Remembering vocabulary with flashcards

Use the steps to help you learn and remember vocabulary.

1. **Look** carefully at one side of the card.
2. **Say** the word to yourself or out loud to practise pronunciation.
3. **Recall** the meaning of the word/phrase.
4. **Turn** over the card when you think you understand the word/phrase.
5. **Check** the word/picture. If you get it right, put it to one side. If you get it wrong, put it to the bottom of the pile and come back to it again.

You will find that the more often you do this, the quicker you will get through your cards.



## Modal 3 Aonad 1 agus 2

### 'S urrainn dhomh/I can

Say what colour something is  
 Ask what colour something is  
 Name some items of clothing  
 Describe some articles of clothing  
 Name some school objects  
 Say what is in a school bag  
 Ask what something is  
 Say what something is  
 Say what something is not  
 Say something is right  
 Say something is wrong

gorm, buidhe, uaine, ruadh, dearg...  
 Dè an dath a th' air?  
 geansaidh, briogais, ad, sgiorta...  
 geansaidh gorm, briogais bhuidhe,  
 peansail, leabhar, rèilear, àireamhair...  
 Anns a' bhaga, tha planair, peann...  
 Dè tha seo?/Dè tha sin?/Dè th' ann?  
 'S e rubair a th' ann, 'S e ... a th' ann.  
 Chan e rubair a th' ann.  
 Tha e ceart.  
 Tha e ceàrr.

### I have learned

some phrases using colours  
 some similes  
 about Giant MacAskill

dearg amadan, Nach buidhe dhut!  
 cho mòr ri beinn, cho geal ri gruth...  
 He was 7ft 9inches tall...

about masculine and feminine nouns  
 how to use adjectives and nouns together  
 that there is no Gaelic word for *a*  
 how to say it's in my bag/in your bag  
 some Gaelic words for *the*  
 to say that something is mine

geansaidh (m), briogais (f)  
 geansaidh mòr, briogais mhòr  
 peansail = pencil/a pencil  
 nam bhaga, nad bhaga  
 an leabhar, am peann, an t-àireamhair  
 mo leabhar, mo pheann, m' aodach-spòrs

a way of learning and remembering vocabulary

flashcards





## Ceum a bharrachd 1 Seòras Moireach

- Coimhead air a' chlàr gu h-ìseal.
- Freagair na ceistean ann am Beurla.

Look at the grid below. Answer the questions in English.

Ainm	Aois	A' fuireach	Dè an t-aodach a th' ort?	Anns a' bhaga?
Seumas MacLeòid	dhà-dheug	anns an Òban	seacaid dhubh	peansail
Fionnlagh Mac-a-phì	ochd-deug	ann an Glaschu	lèine phurpaidh	aodach-spòrs
Marsaili Chaimbeul	ceithir-deug	ann am Barraigh	sgiorta dhonn	poca-peansail
Mairead Rothach	còig-deug	ann an Obar Dheathain	còta dearg	àireamhair
Seòras Moireach	sia-deug	ann an Leòdhas	geansaidh orains	fòn-làimhe
Raonaid Stiùbhart	seachd-deug	anns a' Ghearasdan	dreasa gheal	botal uisge

- How old is the girl with the white dress?
- What is Marjory wearing?
- Who lives in Fort William?
- What does James have in his bag?
- What is Margaret's surname?
- Who has the black jacket?
- How old is Finlay?
- What does George have in his bag?
- Who is wearing the purple shirt?
- How old is Marjory?
- What does the boy who lives in Aberdeen have in his bag?
- What is the boy who is sixteen wearing?



Now write three more questions of your own and ask your partner to answer them for you. Check that they're right!



## Ceum a bharrachd 2 Tha briogais dhubh orm

- Leugh na seantansan Beurla.
- Sgrìobh freagairt ann an Gàidhlig.

Read the information in English below and write answers in Gaelic for each one. Use your **Faclair is Abairtean** pages to help you.

- It's non-uniform day in school. You speak to your friend Joan on the phone. How do you tell her what you're wearing?
- Your friend wants to know what equipment you're taking to school today. How do you tell her what's in your bag?



3. You sit next to a new boy on the bus. He wants to know your name. What do you say?
4. He says he's not feeling well today. How might he tell you this?
5. He asks you where you live. What answer do you give?
6. He wants to know what that place is like. How do you describe it?
7. He asks you how old you are. What is your reply?
8. You and your friend are late into class. The teacher asks you both to sit down and be quiet. What does she say to you?
9. You do your work well. How does the teacher praise you at the end of the lesson?
10. Later, you tell your new friend you can't come for lunch as you're very busy. How do you tell him?
11. After school, you meet your new friend with a girl you don't know well. You think she's called Mary. How do you make sure?
12. They are getting the bus home but you're staying in town. How do you say goodbye to them both?

## Ceum a bharrachd 3 Sìne NicDhòmhnaill

- Air-loidhne, tha sibh a' coimhead air clas bho sgoil eile.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

You have been watching online clips of a class of Gaelic learners from another school. They have been talking about themselves and give quite a lot of information – some in English and some in Gaelic. You have taken notes about each person, but now you have to put all the information together to get the full picture. What do they say about themselves? Use your **Faclair is Abairtean** pages to help you.



1. Sìne NicDhòmhnaill, dhà-dheug, Sruighlea – trang. Seacaid dhubh, lèine bhuidhe, peansail agus rubair.  
Is mise Sìne NicDhòmhnaill. Tha mi dhà-dheug agus tha mi a' fuireach ann an Sruighlea. Tha e trang. Tha seacaid dhubh agus lèine bhuidhe orm. Nam bhaga, tha peansail agus rubair.
2. Cailean MacLeòid, sia-deug, Glaschu – mòr. Baga – geansaidh gorm, ad dhearg, peann dubh agus àireamhair.
3. Raonaid NicRath, 17, Port Rìgh – beag agus snog. Còta uaine, briogais dhubh. Baga – botal uisge, brògan spòrs.
4. Pòl Moireach, 13, Tiriodh, càirdeil agus inntinneach. Sgarfa glas, miotagan buidhe. Baga – dà pheann, fòn-làimhe.





## Dè an latha a th' ann an-diugh?

Learn the days of the week


Learn the months of the year

Say when your birthday is

Talk about activities/events

### Cànan:

Revision of preposition ann + article - anns an/a'...







## 1. Na Làithean

- Èist ris na làithean. (Earrann 1)

Listen to the days of the week.



## 2. Didòmhnaich

- Cuir iad seo ceart.
- Sgrìobh na làithean ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Cuir san òrdugh cheart iad.

Unscramble the days of the week. Write them in Gaelic and English. Put them in the correct order.

- |                |                 |
|----------------|-----------------|
| a. iniheDao    | e. tàirmDi      |
| b. lunDiai     | f. naiDidhchòm  |
| c. rashatinDei | g. ainiaDicd    |
| d. irdaDinao   | h. an bàdaiS àL |

	Latha	Day
a.		Monday
b.		Tuesday
c.		Wednesday
d.		Thursday
e.	Dihaoine	Friday
f.		Saturday
g.		Sunday(Sabbath)
h.		Sunday



## 3. Dè an latha a th' ann?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Sgrìobh an clàr.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Listen to the passage. Copy the table. Write in Gaelic.




a.	'S e _____ a th' ann an-diugh.
b.	'S e _____ a th' ann an-diugh.
c.	'S _____ a _____ an-diugh.
d.	'_____ a th' ann _____.
e.	'_____ an-diugh.
f.	'S e _____ a th' ann _____.
g.	'S e _____ a th' _____ an-_____.

In Gaelic there are two words for Sunday:

Là na Sàbaid Sabbath      Didòmhnaich Sunday

In Ceumannan, you will hear both words for Sunday used. You should use whichever one you prefer, but you need to be able to recognise both.

In Gaelic, just like in English, people from different places sometimes use different words for the same thing.



## Làithean na seachdain



### 4. An-dè, an-diugh

- Dè an latha a th' ann?
- Sgrìobh an clàr.
- Lìon na beàrnan.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Which days are missing? Copy the table. Fill in the blanks. The first one has been done for you.

	an-dè/ yesterday	an-diugh/ today	a-màireach/ tomorrow
a.	Dimàirt	Diciadain	Diardaoin
b.	Disathairne		Diluain
c.		Dihaoine	
d.		Dimàirt	Diciadain
e.			Didòmhnaich

If you want to ask what day it is today, you say: **Dè an latha a th' ann an-diugh?**

To say what day it is today you say: **'S e ... a th' ann an-diugh.**

If you want to check what day it is you say: **An e ... a th' ann an-diugh?**

You have seen questions like this before.

Remember when you checked what someone's name was, you asked:

**An e ... an t-ainm a th' ort?**

And when you checked what something was, you asked: **An e ... a th' ann?**

Mar eisimpleir:

**An e Diluain a th' ann an-diugh?** Is it Monday today?

Chan e... It's not... **'S e...** It is...



## 5. Na Mìosan

- Èist ris na mìosan (Earrann 3)

Listen to the months.



### 6a. Am Màrt

- Lìon na litrichean a tha a dhìth.
- Sgrìobh na mìosan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Fill in the missing letters. Write the months in Gaelic and English.

- a. Am \*ao\*||\*ch      b. \*n \*ea\*\*an      c. A\* \*à\*



### 6b. Mìosan eile

- Cuir na litrichean san òrdugh cheart.
- Sgrìobh na mìosan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Unscramble the letters to make a month. Write the months in Gaelic and English.

- a. lunch-rAat      b. tùnalAnLas      c. tin-SAltan

### 6c. Mìosan, mìosan

- Cuir na mìosan san òrdugh cheart.
- Sgrìobh na mìosan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Put these months in the correct order. Write the months in Gaelic and English.

- a. An Dùbhlachd      b. An t-Samhain      c. An Dàmhair

### 6d. Mìosan air chall

- Dè na mìosan a tha a dhìth fhathast?
- Sgrìobh na mìosan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Which months are still missing? Write them in Gaelic.

### 6e. Tha na mìosan agad

- Tha na mìosan agad a-nis.
- Sgrìobh anns an òrdugh cheart iad.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

You should now have all twelve months written down. Write them in the correct order in your jotter, with the English beside each one. As you are writing them, practise your two spelling strategies from **Taic 1** and **2** – to help you remember and spell the words.

Look, say, cover, write, check and Broad to broad, slender to slender

## Na Miosan





## Meal do naidheachd an-diugh!



Tha mo cho-là-breith anns an Fhaoilleach.

Cuin a tha do cho-là-breith ann?



### 7. Co-là-breith

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4)
- Tha na daoine ag innse mun co-là-breith.
- Sgrìobh an càr.
- Lìon na bogsaidhean.

Listen to these people saying when their birthdays are.

Copy and complete the table.

	Ainm/Name	Co-là-breith/Birthday
a.	Allan	January
b.		
c.		
d.		
e.		
f.		
g.		



### 8a. Anns a' chlas

- Cuin a tha co-là-breith aig a h-uile duine anns a' chlas?
- Dèan postair airson a' bhalla.

Find out everybody's birthday in the class. Display your information on a wall chart. That way you will all know when to sing **Meal do naidheachd an-diugh!** to each of your classmates.

To ask someone when his/her birthday is, you say: **Cuin a tha do cho-là-breith ann?**

To say in which month your birthday is, you say:

**Tha mo cho-là-breith anns...** (followed by the month)

Mar eisimpleir:

**Tha mo cho-là-breith anns a' Mhàrt.**



## 8b. Meal do naidheachd an-diugh!

- Èist ris an òran. (Earrann 5)
- Seinn còmhla.

Listen to the song. Sing together.

**Meal do naidheachd an-diugh!**

Meal do naidheachd an-diugh,  
Meal do naidheachd an-diugh,  
Meal do naidheachd, a... (ainm),  
Meal do naidheachd an-diugh!



## 9. Meal do naidheachd!

- Leugh na cairtean.
- Cò leis a tha gach cairt?
- Maids na daoine ris na cairtean aca.
- Sgrìobh an clàr.
- Lion an clàr.

Read the cards. Who does each birthday card belong to? Match the people to their cards.

12/4

1.

26/6

2.

2/5

3.

8/9

4.

9/1

5.

5/11

6.

Notice that the sound and spelling of some months can change (lenition) when you put **anns** before them. Remember what happened when you put **anns** before a place name in Modal 2 Aonad 3?

An Gearasdan Fort William



anns a' Ghearasdan

in Fort William.

The same happens with months, when it can:

Mar eisimpleir:

An Gearran February



anns a' Ghearran

in February

Am Màrt March



anns a' Mhàrt

in March



a. Hallò! Is mise Aonghas MacDhòmhnaill agus tha mi fichead an-diugh. Tha mo cho-là-breith ann air 5 an t-Samhain.

d. Is mise Tòmas Ros. Rugadh mi air Diluain 8 an t-Sultain. Tha mo cho-là-breith ann a-màireach agus tha mi ochd-deug!

b. Hai! Is mise Raonaid Nic-a-phì agus tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha mo cho-là-breith ann an-diugh, Dimàirt 12 an Giblean. Tha mi trì-deug.

e. Tha mo chò-là-breith ann Disathairne 2 an Cèitean. Tha mi fichead 's a h-aon a-màireach! Is mise Anndra Robasdan.

c. Tha mo cho-là-breith ann Didòmhnaich 26 an t-Ògmhios. Tha mi seachd agus 's e Ceitidh Chaimbeul an t-ainm a th' orm.

f. 'S e Beitidh NicRath an t-ainm a th' orm. Tha mo cho-là-breith ann an-diugh agus tha mi ceud bliadhna a dh'aois. Rugadh mi anns an Fhaoilleach.

	Litir/Letter	Ainm/Name
1.	b	Rachel MacPhee
2.		
3.		
4.		
5.		
6.		



## 10. Deitichean

- Coimhead air an liosta.
- Sgrìobh deitichean airson gach latha air an liosta.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.
- Coimhead air mìosachan.

Write the dates for the following. Write in Gaelic. You may need a calendar.

- |                     |                               |
|---------------------|-------------------------------|
| a. an-diugh         | e. Christmas Day              |
| b. an-dè            | f. Halloween                  |
| c. a-màireach       | g. Easter Sunday              |
| d. do cho-là-breith | h. The last day of this term. |

A' sgrìobhadh na deit:

Writing the date in Gaelic is easy.

Mar eisimpleir: Disathairne 21 an Dàmhair  
Dimàirt 15 am Faoilleach  
Diardaoin 8 an t-Sultain

## Faclan feumail

Here's another way of talking about your birthday:

Rugadh mi... I was born...

Rugadh mi anns a' Mhàrt. I was born in March.

Rugadh mi air Diciadain 30 an Giblean. I was born on Wednesday, 30th April.

You can also use this to say where you were born.

Rugadh mi ann an Inbhir Nis, ach tha mi a' fuireach ann an Glaschu.

I was born in Inverness, but I live in Glasgow.



## 11a. Dè tha dol?

- Leugh na h-earrannan.
- Dè fhuair iad airson an co-là-breith?
- Dè an aois a tha iad?
- Tha facal no dhà ùr ann.
- Coimhead air Faclan is Abairtean.

Read the passages. What did the people get for their birthdays? Write how old they are. Watch out for new vocabulary. Check in **Faclan is Abairtean**.

1. Tha mo cho-là-breith ann an-diugh agus tha mi còig-deug. **Fhuair mi** brògan-spòrs agus lèine-T dhubh. 'S e Dàibhidh Rothach an t-ainm a th' orm.
2. Is mise Eilidh NicRath agus tha mi dhà-dheug an-diugh. **Fhuair mi** dà leabhar, seacaid dhearg agus sporan beag, pinc.
3. Is mise Donna NicPhàrlain agus tha mi fichead 's a h-aon an-diugh. Airson mo cho-là-breith **fhuair mi** fòn-làimhe, бага gorm agus brògan beaga, uaine cuideachd.
4. Is mise Dòmhnall Caimbeul agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha mi sia-deug an-diugh agus **fhuair mi** lèine Hibs agus sgarfa Hibs cuideachd. Tha Hibs uabhasach math!
5. 'S e Siùsaidh Nic-a-phì an t-ainm a th' orm agus tha mi aon-deug an-diugh. **Fhuair mi** gèam coimpiutair, poca-peansail beag, purpaidh agus seòclaid.





## 11b. Fhuair Calum TBh

- Leugh na fhuair gach duine airson an cò-là-breith.
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig do gach duine.

Write a sentence for each person, saying what each person got for his/her birthday. Try to give some description of the items too – **dearg, dubh, mòr, beag...**

Mar eisimpleir: **Fhuair Calum TBh mòr agus seacaid dhubh.**

- |               |  |           |  |
|---------------|--|-----------|--|
| a. Mary:      |  | e. David: |  |
| b. Martin:    |  | f. Helen: |  |
| c. Catherine: |  | g. James: |  |
| d. Jean:      |  |           |  |



## 11c. Dè fhuair thu fhèin air do cho-là-breith?

- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig.
- Chan fheum e a bhith fìor.
- Inns dha do charaidean dè fhuair thu.

Write a little about your own birthday in Gaelic. Give your name, when your birthday is, where you live, how old you are and what you got for your birthday. It doesn't have to be true! Use the sentences in **11a. Leugh** to help you. Read your sentences to the others in your group when you are finished.



## 12. Dè tha dol Dihaoine?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 6)
- Dè tha dol?
- Cuin?

Listen to the extract. What's on and when?

Mar eisimpleir: **Tha film ann Diluain.** Film – Monday

## Dè tha dol?




Tha cèilidh ann.



Tha club-òigridh ann.



Tha fèis ann.



Tha club-dràma ann.



Tha club-spòrs ann.




Tha dannsa ann.



Tha consairt ann.



Tha partaidh ann.




Tha film ann.



Tha ball-coise ann.



Tha gèam rugbaidh ann.



Tha diosgo ann.



Tha hocaidd ann.



Tha dealbh-chluich ann.

To ask if something is taking place you ask: **A bheil ... ann?**

**A bheil partaidh ann?** Is there a party on?

To say that something is taking place you say: **Tha ... ann.**

**Tha consairt ann.** There's a concert on.

**Chan eil cèilidh ann.** There's not a ceilidh on.

To say when something is on, you add the day, before or after the phrase:

**Tha cèilidh ann Dihaoine.** There's a ceilidh on Friday.

**Disathairne, tha film ann.** There's a film on Saturday.

In Gaelic, you don't need the word for *on* to say what day something is taking place.

You already know how to ask someone what's happening: **Dè tha dol?**

To say you are going somewhere, you say:

**Tha mi a' dol gu...** followed by what you are going to.

**Tha mi a' dol gu partaidh.** I'm going to a party.

**Tha mi a' dol gu fèis Diluain.** I'm going to a festival on Monday.



### 13. Càit a bheil an dannsa?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Dè tha dol?
- Cuin?
- Càit a bheil e?

Listen to what's on, where and when. Can you work them all out?



### 14. Dè tha dol?

- Leugh na criomagan 'Dè tha dol?' às a' phàipear-naidheachd.
- Sgrìobh am fiosrachadh ann am Beurla.

Read the extracts from the **Dè tha dol?** section of the newspaper. Write as much information as you can in English.

**Club-spòrs, Ionad-spòrs  
Shruighlea, Dimàirt  
15 an t-Ògmhios**

a.

**Film, Seumas Bond,  
Disathairne 6 an  
Gearran, Àros, Port Rìgh,  
tiogaidean aig an doras**

b.

**Fèis dràma Ghlaschu,  
Diluain 3 – Dihaoine 7 an  
Dàmhair, fòn A. Nic-a-phì  
air 0141 883 1246 airson  
barrachd fiosrachaidh**

c.

**Consairt, le Skippinish,  
Taigh-cluiche Eden Court,  
Inbhir Nis, Diardaoin  
23 an Dùbhlachd**

d.

**Gèam rugbaidh,  
Leòdhas  
an aghaidh  
Na Hearadh,  
Pàirc Rugbaidh  
Steòrnabhagh,  
Diciadain  
17 am Màrt**

e.

### Faclan feumail

aig an ionad-spòrs	at the sports centre	anns an taigh-dhealbh	in the cinema
aig a' phàirc	at the park	anns an taigh-òsta	in the hotel
ann an talla a' bhaile	in the village hall	anns an talla	in the hall
anns an sgoil	in the school	anns an eaglais	in the church
anns an taigh-chluiche	in the theatre		



Bruidhinn



Leugh



Sgrìobh



Sgrìobh



Èist

## 15a. Anns an talla

<b>air</b> (on)	+	<b>i</b> (she)	=	<b>oirre</b> (on her)	<b>Tha càta oirre.</b> (She has a coat on.)
<b>air</b> (on)	+	<b>sinn</b> (we)	=	<b>oirnn</b> (on us)	<b>Tha càtaichean oirnn.</b> (We have coats on.)
<b>air</b> (on)	+	<b>sibh</b> (you – plural/polite)	=	<b>oirbh</b> (on you)	<b>A bheil càta oirbh?</b> (Do you have a coat on?)
<b>air</b> (on)	+	<b>iad</b> (they)	=	<b>orra</b> (on them)	<b>Tha càtaichean orra.</b> (They have coats on.)



### Eacarsaich 13a

- Coimhead air a' chlàr.
- Sgrìobh ann am Beurla.

Look at the table. Write the following in English.

1. A bheil còta gorm ort?
2. Chan eil ad orm.
3. Tha geansaidh pinc oirre.
4. A bheil miotagan oirbh?
5. Tha briogais dhubh air.

### Eacarsaich 13b

- Coimhead air a' chlàr a-rithist
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Look at the table again. Write in Gaelic.

1. She has a yellow dress on.
2. I don't have shoes on.
3. Do you have a tie on? (to your friend)
4. He has a jacket on.
5. You don't have boots on. (to an older person)

## Eacarsaich 13c

- Obraich còmhla ri caraid.

Work with a partner. Can you think of any other phrases you know that contain either of the prepositional pronouns **orm** or **ort**? Talk about your ideas with others in the class.

Make sure you have completed **Modal 5 Aonad 1** before you do the next exercise.

The prepositional pronouns you used when talking about the jobs people do are made by adding the preposition **ann** (on) to different pronouns.

Preposition	+	Pronoun	=	Prepositional pronoun	Example
<b>ann</b> (in)	+	<b>mi</b> (me)	=	<b>annam</b> (in me)	<b>'S e nurs a th' annam.</b> (I am a nurse.)
<b>ann</b> (in)	+	<b>thu</b> (you)	=	<b>annad</b> (in you)	<b>An e nurs a th' annad?</b> (Are you a nurse?)
<b>ann</b> (in)	+	<b>e</b> (he)	=	<b>ann</b> (in him)	<b>Chan e nurs a th' ann.</b> (He is not a nurse.)
<b>ann</b> (in)	+	<b>i</b> (she)	=	<b>inntè</b> (in her)	<b>'S e nurs a th' inntè.</b> (She is a nurse.)
<b>ann</b> (in)	+	<b>sinn</b> (we)	=	<b>annainn</b> (in us)	<b>'S e nursaichean a th' annainn.</b> (We are nurses.)
<b>ann</b> (in)	+	<b>sibh</b> (you – plural/polite)	=	<b>annaibh</b> (in you)	<b>An e nurs a th' annaibh?</b> (Are you a nurse?)
<b>ann</b> (in)	+	<b>iad</b> (they)	=	<b>annta</b> (in them)	<b>An e nursaichean a th' annta?</b> (Are they nurses?)

## Eacarsaich 13d

- Coimhead air a' chlàr a-rithist.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.

Using the table, write the following sentences in English.

1. 'S e ministear a th' inntè.
2. 'S e rùnaire a th' ann.
3. An e dotair a th' annaibh?
4. Chan e croitear a th' annam.
5. An e tidsear a th' annad?
6. 'S e nursaichean a th' annainn.

## Eacarsaich 13e

- Coimhead air a' chlàr a-rithist.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.

Using the table, write the following sentences in Gaelic.

1. I am a fisherman.
2. He is a teacher.
3. She isn't a mechanic
4. I'm not a shop-assistant.
5. Are you a cook? (polite/plural)
6. Is he a policeman?



## 14. The Definite Article - The

Look over the work in **Modal 3 Aonad 2** again.

Below are three words for *the* and rules for masculine nouns:

<b>Am</b>	for masculine nouns starting with <i>b, f, m, p</i>	→	<b>am baile</b>	the town
<b>An t-</b>	for masculine nouns starting with vowels	→	<b>an t-eilean</b>	the island
<b>An</b>	for masculine nouns starting with any other letter	→	<b>an leabhar</b>	the book

Below are three words for *the* and rules for feminine nouns:

<b>A'</b>	for feminine nouns starting with <i>b, c, g, m, p</i>	→	<b>a' bhròg</b>	the shoe
<b>An</b>	for feminine nouns starting with <i>f</i>	→	<b>an fhreagairt</b>	the answer
<b>An</b>	for feminine nouns starting with other letters	→	<b>an sgoil</b>	the school
<b>An t-</b>	for feminine nouns starting with <i>sl, sn, sr, s+vowel</i>	→	<b>an t-seacaid</b>	the jacket





### Eacarsaich 14

- Coimhead air na faclan.

All the nouns below have been given the wrong word for *the*. Use the rules to correct them.



- |                  |                  |                   |
|------------------|------------------|-------------------|
| 1. An àireamhair | 5. An t-peansail | 9. Am seacaid     |
| 2. Am sporan     | 6. Am leabhar    | 10. An fòn-làimhe |
| 3. An eilean     | 7. Am aodach     |                   |
| 4. An peann      | 8. An t-baile    |                   |



## Modal 3 Aonad 2

### 15. Possessive Articles

Make sure that you have completed the work in **Modal 3 Aonad 2** on this topic before you do the following exercise. Here is a quick reminder:

A possessive article is a word that shows who someone or something belongs to. You use them to talk about possessions. Possessive articles you have used so far include:

**mo** my and **do** your

**m'** and **d'** are used instead of **mo** and **do** before nouns beginning with a vowel.

Mar eisimpleir: **mo pheansail** my pencil **m' àireamhair** my calculator

**do pheansail** your pencil **d' àireamhair** your calculator

### Eacarsaich 15

- Obraich còmhla ri caraid.
- Dè tha ceàrr?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Work with a partner. What is wrong with the phrases below? Check the possessive article and the following noun.

1. m' pheann
2. mo ad
3. do briogais
4. mo rhubair
5. do àireamhair
6. do còta
7. m' bhaga
8. d' seacaid
9. mo botal uisge
10. do aodach-spòrs



## Modal 4 Aonad 1

### 16. Preposition ann + definite article

You know the Gaelic for all the months of the year. In English, there is no definite article (the) before the months. You don't say *the* January, *the* February... You come across different Gaelic words for *the* in the months.

Mar eisimpleir:      **Am**                      **An**                      and                      **An t-**  
**Am Faoilleach**      **An Gearran**                      **An t-Sultain**


In previous units, you saw place names with *the* in front of them:

**Am Ploc**                      **An Gearasdan**                      **An t-Òban**

and how they changed when you said you lived in those places:

**anns a' Phloc**                      **anns a' Ghearasdan**                      **anns an Òban**

When you want to say that something is happening in a particular month, you use the word **anns**. The spelling and sound of the month can change after the word **anns**. Look at the table below.



Month	Mìos	anns...
January	<b>Am Faoilleach</b>	<b>anns an Fhaoilleach</b>
February	<b>An Gearran</b>	<b>anns a' Ghearran</b>
March	<b>Am Màrt</b>	<b>anns a' Mhàrt</b>
April	<b>An Giblean</b>	<b>anns a' Ghiblean</b>
May	<b>An Cèitean</b>	<b>anns a' Chèitean</b>
June	<b>An t-Ògmhios</b>	<b>anns an Ògmhios</b>
July	<b>An t-Iuchar</b>	<b>anns an Iuchar</b>
August	<b>An Lùnastal</b>	<b>anns an Lùnastal</b>
September	<b>An t-Sultain</b>	<b>anns an t-Sultain</b>
October	<b>An Dàmhair</b>	<b>anns an Dàmhair</b>
November	<b>An t-Samhain</b>	<b>anns an t-Samhain</b>
December	<b>An Dùbhlachd</b>	<b>anns an Dùbhlachd</b>

### Eacarsaich 16

Put **anns** (in the) before each of the following nouns. Follow the patterns in the table above to help you.

Mar eisimpleir:

**Am Faoilleach**      ➔      **anns an Fhaoilleach**      in January

- |               |                       |
|---------------|-----------------------|
| 1. an gèam    | 5. an t-ionad-slàinte |
| 2. am meadhan | 6. An Dàmhair         |
| 3. an clas    | 7. am бага            |
| 4. An t-Òban  |                       |

## Modal 4 Aonad 2

### 17. Adjective Modifiers

Make sure you have covered the work on adjective modifiers before you complete this exercise. An adjective modifier is a word that gives more information about an adjective, or emphasises it. (\*Remember these cause lenition.)

An adjective modifier usually comes directly before the adjective.

Adjective modifier	Beurla/English	Eisimpleir/Example	Beurla/English
uabhasach	terribly, really	uabhasach furasta	terribly easy
gu math	quite	gu math mòr	quite big
cho	so	cho tioram	so boring
caran	rather	caran èibhinn	rather funny
beagan	a bit	beagan doirbh	a bit difficult
glè*	very	glè fheumail	very useful
fìor*	really	fìor mhath	really good
ro*	too	ro bheag	too small

### Eacarsaich 17

- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.

Mar eisimpleir: **Chan eil an còta ro bheag.**  
**Tha Matamataig glè fheumail.**

The coat isn't too small.  
 Maths is very useful.

- John is rather quiet.
- Calum is very cross.
- She's a bit silly.
- Glasgow is quite nice.
- He's terribly big.
- I am too late.
- Are you really busy?
- Barra is so beautiful.



## Modal 4 Aonad 3

### 18. Verbal Nouns

Make sure you have covered the work on verbs in **Modal 4 Aonad 3** before you complete this exercise. Remember that verbs are doing words.

Mar eisimpleir:

<b>Tha mi a' sgrìobhadh seo.</b>	I am writing this.
<b>A bheil sibh a' dannsadh?</b>	Are you dancing?
<b>Tha mi ag obair.</b>	I am working.
<b>Tha mi ag èisteachd ri ceòl.</b>	I am listening.

Remember to use **ag** before verbs beginning with a vowel: **ag èisteachd**.

### Eacarsaich 18

- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. I am playing shinty tomorrow.
2. Are you doing anything today?
3. Colin is cooking tonight.
4. Aberdeen is winning.
5. Are you getting up early on Tuesday?
6. I am reading a book, but it's not too good.
7. There is a concert in the school, but I am not singing.
8. She is going to a party at seven o'clock.
9. Catherine and James are dancing.
10. When are you going to bed?

### 19. Past tense

Make sure you have covered the work in **Modal 4 Aonad 3** before you complete this exercise.

Remember:	Màiri: <b>Tha dannsa ann Dihaoine. A bheil sibh a' dol ann?</b>
	Calum: <b>Tha.</b>
	Pòl: <b>Chan eil.</b>

You have used this a lot in **Ceumannan**. It's called the present tense.

Do you remember how to form the past tense of the verb *to be*?

Màiri: <b>Bha dannsa ann Dihaoine. An robh sibh ann?</b>
Calum: <b>Bha.</b>
Pòl: <b>Cha robh.</b>

## Eacarsaich 19a

- Tagh na seantansan a tha sgrìobhte anns an tràth chaithte.
- Sgrìobh ann am Beurla iad.

Choose only the sentences in the past tense. Write them in English.

1. Chan eil cèilidh ann a-nochd.
2. Dè an t-ainm a th' ort?
3. Cha robh mi ag obair Diciadain.
4. Ciamar a bha an consairt Disathairne?
5. Bha Cruinn-eòlas cho math an-diugh.
6. A bheil Seòras a' tighinn dhachaigh a-màireach?
7. Cuin a tha an sgoil a' dùnadh?
8. Bha mi a' teacsadh Iain an-dè.  
Cha robh e gu math.
9. Càit an robh thu Disathairne?
10. An robh co-là-breith agad?  
Dè an aois a bha thu?
11. An robh thu ag obair ann an Alanais?
12. Tha Màiri-Anna a' dol gu partaidh.
13. Càit a bheil Raonaid a' fuireach?
14. Cuin a bha thu ann an Glaschu? An robh thu a' fuireach ann an taigh-òsta?



## Modalan 1 – 6

### 20. Sràcan/Accents

An accent is the little mark you see above vowels in some Gaelic words.

Mar eisimpleir: àireamhair èist sgrìobh bròg rùilear

The Gaelic word for an accent is **sràc**.

**Sràcan** matter a lot because they not only show us how to pronounce a word, they can also change the meaning of a word. If you see an accent above a vowel, you should make that vowel sound

**I-o-n-g-e-r** when you say the word.

Mar eisimpleir: **car** (quick, short a sound)

but **càr** (sounds like caar)

Forgetting to put accents on words can sometimes cause confusion, as well as a giggle or two!



What are accents  
and do they  
matter?





## Eacarsaich 20a

- Coimhead ann am faclair.
- Dè tha na faclan seo a' ciallachadh?

Look up the following words, with and without accents. What do they mean?

1. sabaid/Sàbaid
2. bata/bàta
3. car/càr

## Eacarsaich 20b

- Coimhead air na faclan.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.
- Dè tha na faclan a' ciallachadh?

Look at the words below. They all need accents. Put the accents in the correct places. Write the words in Gaelic. Write the English meaning beside each one.

- |         |             |               |
|---------|-------------|---------------|
| 1. brog | 5. brathair | 9. Am Mart    |
| 2. cu   | 6. mathair  | 10. tri       |
| 3. geam | 7. leine    | 11. leine     |
| 4. fon  | 8. siucar   | 12. An t-Oban |

## Eacarsaich 20c

- Obraich còmhla ri caraid.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Go through the vocabulary you have learned so far. Choose ten words – some with accents and some without. Write them with no accents and give them to your partner. See if he/she can sound out the words and put the accents in the right places. Your partner should do the same for you. Once you have both finished you should correct and discuss each other's work. Write a comment on your partner's work. Ask your teacher or another pair to listen to you.

# faclaìr mòr

## Gàidhlig gu Beurla



# Gàidhlig gu Beurla

\* *polite/plural* (f) feminine

(m) masculine

A bheil ... a' còrdadh ribh?\*

A bheil ... a' còrdadh riut?

A bheil ... agad?

A bheil ... agaibh?\*

A bheil ... ann?

A bheil am pathadh oirbh?\*

A bheil am pathadh ort?

A bheil an t-acras oirbh?\*

A bheil an t-acras ort?

A bheil briogais ghlas ort?

A bheil càil/dad math ann

Disathairne?

A bheil e ceart?

A bheil i ceàrr?

A bheil peata agad?

A bheil peata agaibh?\*

A bheil thu a' dèanamh sìon/càil/  
dad/sgath?

A bheil sibh a' fuireach...?\*

A bheil thu a' fuireach...?

A bheil sibh ag iarraidh deoch?\*

A bheil thu ag iarraidh deoch?

A bheil thu fhèin a' dol ann?

a ghràidh

a h-uile Diluain

a-nise

ad, an ad (f)

aig a' phàirc

air

Àird nam Murchan, ann an

Àird nam Murchan

àireamh, an t-àireamh (f),

àireamhan

àireamhair, an t-àireamhair (m)

airgead, an t-airgead (m)

Alanais, ann an Alanais

Albha, ann an Albha

a-màireach

Am Blàran Odhar, anns a' Bhàran  
Odhar

àm cluiche/àm pleidhe

àm dinneir

An caomh leat...?

An caomh leibh...?\*

an-còmhnaidh

an-dè

an dèidh

an dèidh sin

an-diugh

Do you enjoy...?

Do you enjoy...?

Do you have a...?

Do you have a...?

Is there a... on?

Are you thirsty?

Are you thirsty?

Are you hungry?

Are you hungry?

Do you have grey trousers on?

Is there anything good on  
Saturday?

Is he right?

Is she wrong?

Do you have a pet?

Do you have a pet?

Are you doing anything?

Do you live...?

Do you live...?

Do you want a drink?

Do you want a drink?

Are you going?

dear

every Monday

now

hat, the hat

at the park

on, on him

Ardnamurchan, in  
Ardnamurchan

number, the number, numbers

calculator, the calculator

money, the money

Alness, in Alness

Alva, in Alva

tomorrow

Bettyhill, in Bettyhill

interval

dinner time

Do you like...? (Lewis)

Do you like...? (Lewis)

always

yesterday

past/after

after that

today

An e ... a th' ann an-diugh?

An e ... an t-ainm a th' ort?

An e ... a th' ann?

An e seo...?

An e sin...?

An e ... a th' annad?

An e ... a th' annaibh?\*

anmoch

Anna

Anndra

ann am

ann an

ann an cafaidh

ann an eaglais

ann an garaids

ann an ionad-slàinte

ann an oifis

ann an ospadal

ann an sgoil

ann an stèisean a' phoileis

ann an taigh-bìdh

ann an talla a' bhaile

annan, an t-annan (m)

anns a'...

anns a' bhaga

anns a' bhun-sgoil

anns a' bhùth

anns a' chafaidh

anns a' chlas

anns a' mhadainn

anns an

anns an àrd-sgoil

anns an eaglais

anns an sgoil

anns an taigh-chluiche

anns an taigh-dhealbh

anns an taigh-òsta

anns an talla

anns na

anns na bùthan

anns na saor-làithean

a-nochd

An robh thu...?

An toigh leat...?

An toigh leibh...?\*

an uair sin

aodach, an t-aodach (m)

aodach-spòrs,

an t-aodach-spòrs (m)

aon

aon-deug

Is it ... today?

Is your name...?

Is it a...?

Is this...?

Is that...?

Are you a...?

Are you a...?

late

Anne

Andrew

in

in

in a café

in a church

in a garage

in a health-centre

in an office

in a hospital

in a school

in the police station

in a restaurant

in the village hall

main course, the main course

in the...

in the bag

in the primary school

in the shop

in the café

in class

am/in the morning

in the

in the high school

in the church

in (the) school

in the theatre

in the cinema

in the hotel

in the hall

in the

in the shops

in the holidays

tonight

Were you...?

Do you like...?

Do you like...?

then

clothes, the clothes

sports kit, the sports kit

one

eleven

Aonghas  
Aonghas Mòr  
aon uair deug  
aran, an t-aran (m)  
aran donn  
aran geal  
a-raoir  
Arcaibh, ann an Arcaibh  
àrd  
àrd-sgoil, an àrd-sgoil (f)  
Àrd-sgoil Ulapuil  
a-rithist  
athair, an t-athair (m)

Angus  
Big Angus  
eleven o'clock  
bread, the bread  
brown bread  
white bread  
last night  
Orkney, in Orkney  
tall  
high school, the high school  
Ullapool High School  
again  
father, the father

baga, am бага (m)  
baile, am baile (m)  
baile beag  
Baile Dhubhthaich, ann am  
Baile Dhubhthaich  
baile mòr  
bailtean  
bailtean mòra  
bainne, am bainne (m)  
ball-coise, am ball-coise (m)  
Barabal  
barrachd fiosrachaidh  
Barraigh, ann am Barraigh  
beachd, am beachd (m)  
beachdan an tidseir  
beag  
beagan  
beag-shaill  
Beinn na Fadhlà, ann am  
Beinn na Fadhlà  
Beitidh  
Beurla, a' Bheurla (f)  
Bha an t-sìde grod.  
Bha mi...  
Bha tòrr spòrs ann.  
biadh, am biadh (m)  
Bi modhail!  
Bi sàmhach!  
Bithibh modhail!\*Bithibh sàmhach!\*blasta  
bliadhna, a' bhliadhna (f)  
... bliadhna a dh'aois  
botal uisge, am botal uisge (m)

bag, the bag  
town/village, the town/village  
small village/town

Tain, in Tain  
big town/city  
towns/villages  
cities  
milk, the milk  
football, the football  
Barbara  
more information  
Barra, in Barra  
opinion, the opinion  
teacher's comments  
small  
a little  
low fat

Benbecula, in Benbecula  
Betty  
English, English language  
The weather was horrible.  
I was...

It was loads of fun  
food, the food  
Behave!  
Be quiet!  
Behave!  
Be quiet!  
tasty  
year, the year  
... years old  
bottle of water, the bottle of water

boots, the boots  
breakfast, the breakfast  
brother, the brother, brothers  
little brother  
big brother  
lovely/beautiful

brìogais, a' bhriogais (f)  
briosgaid, a' bhriosgaid (f),  
briosgaidean  
brochan, am brochan (m)  
brocolaidh, am brocolaidh (m)  
bròg, a' bhròg (f), brògan  
brògan-spòrs, na brògan-spòrs  
brot, am brot (m)  
brot tomàto  
Bruidhinn Gàidhlig!  
a' bruidhinn mu pheataichean  
a' bruidhinn ri mo charaidean  
Bruidhnibh Gàidhlig!\*Bu toigh leam...  
buidhe  
bun-sgoil, a' bhun-sgoil (f)

buntàta, am buntàta (m)

bùth nam peataichean

cafaidh, an cafaidh (m), cafaidhean  
Cailean  
Caimbeul  
càirdeil  
Cairistiona  
Càirinis, ann an Càirinis  
cairteal, an cairteal (m)  
càise, an càise (m)  
Càit a bheil...?

Càit a bheil an dannsa?  
Càit a bheil lain a' fuireach?  
Càit a bheil sibh a' fuireach?\*Càit a bheil sibh fhèin a' fuireach?\*Càit a bheil thu a' fuireach?  
Càit a bheil thu ag obair?  
Càit a bheil thu fhèin a' fuireach?  
Càit an robh thu?

Càite?  
càl, an càl (m)  
Calum

caogad  
caogad 's a còig  
caol  
caran  
Carson?

Carson as toigh leat...?  
Carson as toigh leibh...?\*Carson nach toigh leat...?  
Carson nach toigh leibh...?\*

cas, a' chas (f), casan  
casan beaga  
casan fada  
casan geala  
cat, an cat (m), cait  
Catrìona  
ceann a deas

trousers, the trousers

biscuit, the biscuit, biscuits  
porridge, the porridge  
broccoli, the broccoli  
shoe, the shoe, shoes  
trainers, the trainers  
soup, the soup  
tomato soup  
Talk Gaelic!  
talking about pets  
talking to my friends  
Talk Gaelic!  
I would like...

yellow  
primary school, the primary school  
potato/potatoes, the potato/potatoes  
pet shop

café, the café, cafés  
Colin  
Campbell  
friendly  
Christina  
Carinish, in Cairnish  
quarter, the quarter  
cheese, the cheese  
Where is...?

Where is the dance?  
Where does lain live?  
Where do you live?  
Where do you live?  
Where do you live?  
Where do you work?  
Where do you live?  
Where were you?

Where?  
cabbage, the cabbage  
Malcolm  
fifty  
fifty five  
thin  
a bit  
Why?

Why do you like...?  
Why do you like...?  
Why don't you like...?  
Why don't you like...?  
foot, the foot, feet  
little legs  
long legs  
white legs/feet  
cat, the cat, cats  
Catherine  
south (end)



ceann a tuath	north (end)	Chan eil fhios agam.	I don't know.
cearc, a' chearc (f)	chicken, the chicken	Chan eil iad...	They're not...
cearc ròsta	roast chicken	Chan eil lain a' fuireach...	lain doesn't live...
ceàrr	wrong	Chan eil mi a' dol ann.	I'm not going.
ceart	correct/right	Chan eil mi a' fuireach...	I don't live...
ceart gu leòr	OK	Chan eil mi a' tuigsinn.	I don't understand.
ceathrad	forty	Chan eil mi ag iarraidh...	I don't want...
ceathrad 's a ceithir	forty four	Chan eil mi ag iarraidh sìon/càil/	
cèic, a' chèic (f), cèicean	cake, the cake, cakes	dad/sgath.	I don't want anything.
cèic seòclaid	chocolate cake	Chan eil mi gu math.	I'm not well.
cèilidh, an cèilidh (m)	cèilidh, the cèilidh	Chan eil mi math air...	I'm not good at it...
ceist, a' cheist (f), ceistean	question, the question, questions	Chan eil mòran.	Not much.
An Cèitean, anns a' Chèitean	May, in May	Chan eil mòran a' dol.	There's not much happening.
ceithir	four	Chan eil peata agam.	I don't have a pet.
ceithir-deug	fourteen	Chan eil peata aig lain.	lain doesn't have a pet.
ceithir peathraichean	four sisters	Chan eil seo dona.	This isn't bad.
ceithir uairean	four o'clock	Chan eil sgillinn ruadh agam!	I haven't got a penny!
Ceitidh	Katie	Chan fhaod.	No. (You may not.)
ceòl, an ceòl (m)	music, the music	Chì mi.	I'll see.
ceud	one hundred	cho	so
Cha chaomh.	No. I don't like. (Lewis)	cho caol ri bior	as thin as a needle (as thin as a rake)
Cha chaomh leam...	I don't like... (Lewis)	cho coltach ri dà sgadan	as alike as two herring (like two peas in a pod)
Cha d' fhiach e!	It's useless.	cho donn ri cnò	as brown as a nut
Chaimbeul	Campbell (female)	cho dubh ri gual	as black as coal
Cha robh.	No. (... was/were not.)	cho geal ri gruth	as white as crowdie
Cha robh mi...	I was not...	cho gorm ri feur	as green as the grass
Cha robh mi a' dèanamh sìon/càil/dad/sgath.	I wasn't doing anything.	cho reamhar ri ròn	as fat as a seal
Cha robh mi gu math.	I wasn't well.	cho tinn ri cù	as sick as a dog
Cha tig an aois leatha fhèin.	Age doesn't come alone.	cho trang ri seillean	as busy as a bee
Cha toigh/Cha toigh l'.	No. (I don't like)	cho mòr ri beinn	as big as a mountain
Cha toigh leam...	I don't like ...	Cia mhead?	How many?
Cha toigh leam an tidsear.	I don't like the teacher.	Cia mhead ... a th' ann?	How many are there?
Chan e ... a th' ann.	It's not a...	Cia mhead peata a th' agad?	How many pets do you have?
Chan e ... a th' ann an-diugh.	It's not ... today	Cia mhead peata a th' agaibh?*	How many pets do you have?
Chan e do ghnothach a th' ann!	It's none of your business!	Ciamar?	How?
Chan e sin...	That is not...	Ciamar a bha...?	How was/were...?
Chan eil.	No. It isn't.	Ciamar a tha...?	How is/are...?
Chan eil ... a' còrdadh rium.	I don't enjoy...	Ciamar a tha sibh?*	How are you?
Chan eil airgead gu leòr agam.	I don't have enough money.	Ciamar a tha sibh fhèin?*	How are you?
Chan eil ... agam.	I don't have a...	Ciamar a tha thu?	How are you?
Chan eil am pathadh air.	He is not thirsty.	Ciamar a tha thu fhèin?	How are you?
Chan eil am pathadh oirre.	She is not thirsty.	Cille Bhrìghde an Ear, ann an	
Chan eil am pathadh orm.	I'm not thirsty.	Cille Bhrìghde an Ear	East Kilbride, in East Kilbride
Chan eil an t-acras orm.	I'm not hungry.	Cille Mheàrnaig, ann an Cille	
Chan eil càil/dad/sgath/sìon a' dol.	There's nothing happening.	Mheàrnaig	Kilmarnock, in Kilmarnock
Chan eil cuimhn' agam.	I can't remember.	Cinn a' Ghiùthsaidh, ann an	
Chan eil dad a' dol Diciadain.	There's nothing happening on Wednesday.	Cinn a' Ghiùthsaidh	Kingussie, in Kingussie.
Chan eil dona.	Not bad.	clàr-ama, an clàr-ama (m)	timetable, the timetable
Chan eil e...	He's not/It's not...	clàr-bìdh, an clàr-bìdh (m)	menu, the menu
Chan eil e ceàrr.	He's not wrong.	cluasan fada	long ears
Chan eil e snog.	He's not/It's not nice.	cluasan mòra	big ears
Chan eil e/i...	It isn't...	club-dràma, an club-dràma (m)	drama club, the drama club
Chan eil i ceart.	She isn't right.	club-òigridh, an club-òigridh (m)	youth club, the youth club

a' cluich	playing
a' cluich ball-coise	playing football
a' cluich gheamannan coimpiutair	playing computer games
a' cluich iomain	playing shinty
a' cluich rugbaidh	playing rugby
co-dhiù	anyway
co-là-breith, an co-là-breith (m)	birthday, the birthday
Cò ris a tha ... coltach?	What is ... like?
Cò ris a tha e/i coltach?	What is he/she like?
Cò tha nad theaghlach?	Who is in your family?
còc, an còc (m)	coke, the coke
còcaire, an còcaire (m)	cook/chef, the cook/chef
còcaireachd (f)	cooking
a' còcaireachd	cooking
cofaidh, an cofaidh (m)	coffee, the coffee
còig	five
còig-deug	fifteen
còig uairean	five o'clock
a' coimhead ... air an TBh	watching ... on TV
a' coimhead TBh	watching TV
Coimpiutaireachd (f)	Computing
coineanach, an coineanach (m), coineanaich	rabbit, the rabbit, rabbits
coiridh, an coiridh (m)	curry, the curry
còisir Ghàidhlig, a' chòisir	
Ghàidhlig (f)	Gaelic choir, the Gaelic choir
coltach ri...	like...
coltach riom	like me
coltas, an coltas (m)	appearance, the appearance
Coma leat!	Never mind!
còmhla ri mo charaidean	with my friends
consairt, an consairt (m)	concert, the concert
Cor math.	Good. (as an answer to "Dè do chor?")
còta, an còta (m), còtaichean	coat, the coat, coats
Creideamh (m)	Religious Education
Crìsdean	Christopher
croitear, an croitear (m), croitearan	crofter, the crofter, crofters
Cruinn-eòlas (m)	Geography
cù, an cù (m), coin	dog, the dog, dogs
cuideachd	also, too
Cuidich mi!	Help me!
cuileag, a' chuileag (f)	fly, the fly
cuilean, an cuilean (m), cuileanan	puppy, the puppy, puppies
Cuin?	When?
Cuin a bha...?	When was/were...?
Cuin a tha...?	When is/are...?
Cuin a tha do cho-là-breith ann?	When is your birthday?
Cuin a tha e ann?	When is it on?
Cuir!	Put!
Cuir air an solas!	Put/turn on the light!
Cuir air an TBh!	Put/turn on the TV!
Cuir dheth an rèidio!	Put/turn on the radio!
Cuir dhìot do sheacaid!	Take off your jacket!
Cuir ort do sheacaid!	Put on your jacket!
Cuir suas do làmh!	Put up your hand!

Cuiribh!*	Put!
Cuir do leabhraichean air falbh!	Put your books away!
Cuiribh ur leabhraichean air falbh!*	Put away your books!
Cuiribh dhibh ur seacaidean!*	Take off your jackets!
Cuiribh oirbh ur seacaidean!*	Put on your jackets!
Cuiribh suas ur làmhan!*	Put up your hand!
cupa, an cupa (m)	cup, the cup
cupa tì	cup of tea
a' cur	putting
cur-seachadan, na cur-seachadan	pastimes, the pastimes
Cur-seachadan agus Tachartasan	Hobbies and Events
curran, an curran (m), currain	carrot, the carrot, carrots
cuspair, an cuspair (m), cuspairean	subject, the subject, subjects
cuspairean-sgoile, na cuspairean-sgoile	school subjects, the school subjects
<b>D</b>	
dà	two (things)
dà bhràthair	two brothers
dà uair	two o'clock
dà uair dheug	twelve o'clock
Daibhidh	David
An Dàmhair, anns an Dàmhair	October, in October
dannsa, an dannsa (m)	dance, the dance
dannsadh (m)	dancing
dannsadh-ceum	step-dancing
daor	expensive
dath, an dath (m), dathan	colour, the colour, colours
Dè an aois a tha e?	What age is he?
Dè an aois a tha i?	What age is she?
Dè an aois a tha sibh?*	What age are you?
Dè an aois a tha sibh fhèin?*	What age are <i>you</i> ?
Dè an aois a tha thu?	What age are you?
Dè an aois a tha thu fhèin?	What age are <i>you</i> ?
Dè an dath a th' air?	What colour is it?
Dè an latha a th' ann a-màireach?	What day is it tomorrow?
Dè an latha a th' ann an-diugh?	What day is it today?
Dè an obair a th' agad?	What job do you have?
Dè an t-ainm a th' oirbh?*	What's your name?
Dè an t-ainm a th' oirbh fhèin?*	What's <i>your</i> name?
Dè an t-ainm a th' ort?	What's your name?
Dè an t-ainm a th' ort fhèin?	What's <i>your</i> name?
Dè an t-aodach a th' ort?	What clothes are you wearing?
Dè an uair a tha e?	What time is it?
Dè bha dol?	What was happening?
Dè bha thu a' dèanamh?	What were you doing?
Dè bha thu fhèin a' dèanamh?	What were <i>you</i> doing?
Dè bha thu ris?	What were you up to?
Dè do bheachd air...?	What's your opinion of...?
Dè do chor?	How are you?
Dè fhuair thu?	What did you get?
Dè na cur-seachadan as toigh leat?	What pastimes do you like?
Dè na cur-seachadan as toigh leibh?*	What pastimes do you like?
Dè na cuspairean as toigh leat?	What subjects do you like?
Dè na cuspairean as toigh leibh?*	What subjects do you like?



Dè na peataichean a th' agad?	What pets do you have?	Dòmhnall	Donald
Dè na peataichean a th' agaibh?*	What pets do you have?	dona	bad
Dè na tha ...?	How much is ...?	donn	brown
Dè nach toigh leat?	What do you not like?	doras, an doras (m)	door, the door
Dè nach toigh leibh?*	What do you not like?	dotair, an dotair (m)	doctor, the doctor
Dè nì mi a-nise?	What will I do now?	dràibhear, an dràibhear (m)	driver, the driver
Dè phrìs a tha ...?	What price is ...?	dràma, an dràma (f)	drama, the drama
Dè th' ann?	What is it?	drathais, an drathais (f)	pants, the pants
Dè tha anns a' bhaga?	What is in the bag?	dreasa, an dreasa (f), dreasaichean	dress, the dress, dresses
Dè tha dol?	What's happening?	duais, an duais (f), duaisean	prize, the prize, the prizes
Dè tha dol Dihaoine?	What's happening on Friday?	dubh	black
Dè tha nad bhaga?	What's in your bag?	dubh chàineadh	fierce criticism
Dè tha seo?	What's this?	An Dùbhlachd, anns an Dùbhlachd	December, in December
Dè tha sibh a' dèanamh?*	What are you doing?	Dùin!	Shut/close!
Dè tha thu a' dèanamh?	What are you doing?	Dùin an doras!	Shut the door!
Dè tha sin?	What's that?	Dùinibh!*	Shut/close!
Dè tha sibh ag iarraidh?*	What do you want?	Dùisg!	Wake up!
Dè tha thu ag iarraidh?	What do you want?	Dùisgibh!*	Wake up!
dealbh, an dealbh (m), dealbhan	picture, the picture, pictures	Dùn Dèagh, ann an Dùn Dèagh	Dundee, in Dundee
dealbh-chluich, an		Dùn Èideann, ann an Dùn Èideann	Edinburgh, in Edinburgh
dealbh-chluich (m)	play, the play	Dùn Omhain, ann an Dùn Omhainn	Dunoon, in Dunoon
Dèan dealbh!	Draw a picture!	a' dùnadh	shutting/closing
Dèanaibh dealbh!*	Draw a picture!	dùrachd, an dùrachd (f),	
Dèan seo!	Do this!	na dùrachdan	request/wish, the request/wish, requests/wishes
a' dèanamh	doing/making/drawing		
a' dèanamh dealbh	drawing a picture	e	he, him
a' dèanamh dràma	doing drama	each, an t-each (m), eich	horse, the horse, horses
a' dèanamh obair-dachaigh	doing homework	Eachdraidh (f)	History
dearg	red	Eaconamas Dachaigh (m)	Home Economics
dearg amadan	total idiot	eaglais, an eaglais (f)	church, the church
deich	ten	Ealain (f)	Art
deich uairean	ten o'clock	Ealasaid	Elizabeth
deit, an deit (f)	date, the date	èibhinn	funny
deoch, an deoch (f), deochan	drink, the drink, drinks	eile	other
dhà	two	eilean, an t-eilean (m), eileanan	island, the island, islands
dhà-dheug	twelve	An t-Eilean Sgitheanach, anns an	
Diardaoin	Thursday	Eilean Sgitheanach	The Isle of Skye, in the Isle of Skye
diathad, an diathad (m)	lunch, the lunch		
Diciadain	Wednesday	Eilidh	Helen
Didòmhnaich	Sunday	Èist!	Listen!
Dihaoine	Friday	Èistibh!*	Listen!
Dìleas	Faithful	Èòlas Pearsanta agus Sòisealta (m)	Personal and Social Education
Diluain	Monday	Euch!	Yuck!
Dimàirt	Tuesday	eun, an t-eun (m), eòin	bird, the bird, birds
dinnear, an dinnear (f)	dinner, the dinner		
diosgo, an diosgo (m)	disco, the disco	fada ro dhoirbh	far too difficult
dìreach...	just...	Faigh fios!	Find out!
Disathairne	Saturday	a' faighinn	getting/receiving
do/d'	your	Fàilte!	Welcome!
do theaghlach	your family	faisg air	near to
doirbh	difficult	fallain	healthy
a' dol	going	Faodaidh.	Yes. (You may.)
a' dol dhachaigh	going home	Faodaidh sibh falbh.*	You may go.
a' dol dhan leabaidh	going to bed	Faodaidh tu falbh.	You may go.
a' dol dhan sgoil	going to school	Am Faoilleach, anns an Fhaoilleach	January, in January

feis, an fhèis (f), feisean  
feasgar, am feasgar (m)

Feasgar math!  
feòil, an fheòil (f)  
Feuch a-rithist!  
Feuch nas cruaidhe an ath thuras!  
feumail  
Fhuair mi...  
fichead  
fichead 's a dhà  
fichead 's a h-aon  
film, am film (m)  
Fionnghal  
Fionnlagh  
fìor  
fìor mhath  
fios, am fios (m)  
fiosrachadh gu...  
Flòraidh  
fòn-làimhe, am fòn-làimhe (m)

Fosgail an uinneag!  
a' fosgladh  
Fosglaidh an uinneag!\*

Fraingis (f)  
freagairt, an fhreagairt (f),  
freagairtean  
Fuirich mionaid!  
Fuirichibh mionaid!\*

furasta

Gabh mo leiseul!  
Gabhaidh mo leiseul!\*

a' gabhail  
a' gabhail bracaist/dinnear/tì  
Gàidhlig, a' Ghàidhlig (f)  
Gallaibh, ann an Gallaibh  
geal  
gèam, an gèam (m), geamannan  
gèam ball-coise, an gèam  
ball-coise (m)

gèam hocaidd, an gèam  
hocaidd (m)  
gèam rugbaidh, an gèam  
rugbaidh (m)  
gèam coimpiutair, an gèam  
coimpiutair (m)

geamannan coimpiutair  
geansaidh, an geansaidh (m),  
geansaidhean  
An Gearasdan, anns a' Ghearasdan  
Gearmailtis (f)  
gearra-mhuc, a' ghearra-mhuc (f),

festival, the festival, festivals  
pm/afternoon/evening, the  
afternoon/evening  
Good afternoon/evening!  
meat, the meat  
Try again!  
Try harder next time!  
useful  
I got...  
twenty  
twenty two  
twenty one  
film, the film  
Fiona  
Finlay  
truly/really  
really good  
information, the information  
information to...  
Flora  
mobile phone, the mobile  
phone  
Open the window!  
opening  
Open the window!  
French

answer, the answer, answers  
Wait a minute!  
Wait a minute!  
easy

Excuse me!  
Excuse me!  
having/taking  
having breakfast/dinner/tea  
Gaelic  
Caithness, in Caithness  
white  
game, the game, games

football game, the football  
game

hockey game, the hockey game

rugby game, the rugby game

computer game, the computer  
game  
computer games

jumper, the jumper, jumpers  
Fort William, in Fort William  
German

gearra-mhucan

An Gearran, anns a' Chearran  
Geàrrloch, ann an Geàrrloch  
Ghreumach  
An Giblean, anns a' Ghiblean  
gille mòr  
glas  
Glaschu, ann an Glaschu  
glasraich, a' ghlasraich (f)  
glè  
glè mhath  
Goillspidh, ann an Goillspidh  
gòrach  
gorm  
grànda  
Greas ort!  
Greasaibh oirbh!\*

greim bìdh  
Creumach  
grod  
grod rium  
gu  
gu bhith  
gu dearbh  
gu math

Hai!  
Hallò!  
na Hearadh, anns na Hearadh  
hocaidd

Iain  
iasg, an t-iasg (m), èisg  
iasgach, an t-iasgach (m)  
iasgair, an t-iasgair (m)  
idir  
Ìle, ann an Ìle  
im, an t-im (m)  
Inbhir Nis, ann an Inbhir Nis  
Inbhir Pheofharain, ann an Inbhir  
Pheofharain  
Inbhir Ùige, ann an Inbhir Ùige  
inntinneach  
iomain, an iomain (f)  
ionad-spòrs, an t-ionad-spòrs (m)  
iris, an iris (f), irisean  
Is beag orm...  
Is caomh.  
Is caomh leam...  
Is lugha orm...  
Is mise...  
Is toigh.  
Is toigh leam...  
Is toigh le Rusty seòclaid.  
Is toigh leam seo.

guinea-pig, the guinea-pig,  
guinea-pigs  
February, in February  
Gairloch, in Gairloch  
Graham (female)  
April, in April  
big boy  
grey  
Glasgow, in Glasgow  
vegetables, the vegetables  
very  
very good  
Golspie, in Golspie  
silly  
blue  
ugly  
Hurry up!  
Hurry up!  
a snack  
Graham  
horrible  
horrible to me  
to  
almost, nearly  
indeed  
quite

Hil!  
Hello!  
Harris, in Harris  
hockey

John  
fish, the fish, fish (plural)  
fishing, the fishing  
fisherman, the fisherman  
at all  
Islay, in Islay  
butter, the butter  
Inverness, in Inverness

Dingwall, in Dingwall  
Wick, in Wick  
interesting  
shinty, the shinty  
sports centre, the sports centre  
magazine, the magazine  
I hate...  
Yes. I like. (Lewis)  
I like... (Lewis)  
I detest...  
I am...  
Yes. I like.  
I like...  
Rusty likes chocolate.  
I like this.

Is toigh leam an tidsear.  
isbeanan, na h-isbeanan  
Ist!  
Istibh!\*

Là na Sàbaid  
laghach  
laghach rium  
làithean na seachdain  
latha, an latha (m), làithean  
leabhar, an leabhar (m),  
leabhraichean  
leabhar-sgrìobhaidh, an  
leabhar-sgrìobhaidh (m)  
leabhraichean-sgrìobhaidh  
leas-athair, an leas-athair (m)  
leas-bhràthair, an leas-bhràthair (m)  
leas-mhàthair, an leas-mhàthair (f)  
leas-phiuthar, an leas-phiuthar (f)  
lèine, an lèine (f)  
lèine-T, an lèine-T (f)  
leisg  
Leòdhas, ann an Leòdhas  
leth-cheud  
leth-uair  
Leugh!  
Leughaibh!\*

leughadh (m)  
a' leughadh  
a' leughadh leabhar  
leum (m)  
a' leum  
liath  
Lìonacleit, ann an Lìonacleit  
litir, an litir (f)  
luch, an luch (f), luchainn  
An Lùnastal, anns an Lùnastal

I like the teacher.  
sausages, the sausages  
Be quiet!  
Be quiet!  
Eat!  
Eat!

Sabbath Day  
nice/good-natured  
nice to me  
the days of the week  
day, the day, days  
  
book, the book, books  
  
jotter, the jotter  
jotters  
stepfather, the stepfather  
stepbrother, the stepbrother  
stepmother, the stepmother  
stepsister, the stepsister  
shirt, the shirt  
T-shirt, the T-shirt  
lazy  
Lewis, in Lewis  
fifty  
half an hour  
Read!  
Read!  
reading  
reading  
reading a book  
jumping  
jumping  
light blue/grey  
Lionacleit, in Lionacleit  
letter, the letter  
mouse, the mouse, mice  
August, in August

my father  
then  
MacPhee  
MacIntosh  
MacKay  
macaroni cheese  
MacDonald  
Out of here!  
Johnson  
MacLean  
Gillies  
MacLeod  
MacNeill  
MacFarlane  
MacRae

madainn, a' mhadainn (f)  
Madainn mhath!  
Maighstir Ros  
Mairead  
Màiri  
Malaig, ann am Malaig  
mar as trice  
Mar sin leat!  
Mar sin leibh!\*

marcachd (f)  
Marsaili  
Am Màrt, anns a' Mhàrt  
Màrtainn  
mas e do thoil e  
mas e ur toil e\*  
Matamataig (m)  
math  
math dha-n-riabh  
math dhut!  
Math fhèin!  
màthair, a' mhàthair (f)  
meacanaig, am meacanaig (m)  
meadhan a' bhaile  
meadhan-latha  
meadhan-oidhche  
meadhanach math  
Meal do naidheachd!  
Mealaibh ur naidheachd!\*

measan, na measan  
Mhoireach  
Mhoireasdan  
mi fhèin  
mi fhìn  
mì-mhodhail  
mì-sgiobalta  
mìlsean, na mìlseanan  
ministear, am ministear (m)  
mionaid, a' mhionaid (f),  
mionaidean  
mìos, a' mhìos (f), mìosan  
miotag, a' mhiotag (f), miotagan  
mo/m'  
mo bheachd  
mo bhràthair  
mo mhàthair  
mo phiuthar  
mo sheanair  
mo sheanmhair  
mo theaghlach  
Moireach  
Moireasdan  
mòr  
Mòrag  
mòran  
Mòran taing!  
mu

morning  
Good morning!  
Mr Ross  
Margaret  
Mary  
Mallaig, in Mallaig  
usually  
Goodbye!  
Goodbye  
horse riding  
Marjory  
March, in March  
Martin  
please  
please  
Maths  
good  
excellent  
good for you  
Really good/excellent!  
mother, the mother  
mechanic, the mechanic  
town centre  
midday  
midnight  
middling/OK  
Congratulations!  
Congratulations!  
fruit, the fruits  
Murray (female)  
Morrison (female)  
I/me/myself  
I/me/myself  
badly behaved  
untidy  
dessert, the desserts  
minister, the minister  
  
minute, the minute, minutes  
month, the month, months  
glove, the glove, gloves  
my  
my opinion  
my brother  
my mother  
my sister  
my grandfather  
my grandmother  
my family  
Murray  
Morrison  
big  
Marion  
many/much  
Many thanks!  
about

Muile, ann am Muile  
Murchadh

Na...!  
na бага  
na bhaga  
na h-Alba  
Nach buidhe dhut!  
nad bhaga  
nam bhaga  
nam bheachd  
nam bheachd fhìn

nam sporan  
nam theaghlach  
naochad  
naochad 's a naoi  
naoi  
naoi-deug  
naoi uairean  
nas mò  
neach-frithealaidh, an  
neach-frithealaidh (m)

neach-bùtha, an neach-bùtha (m)

neoni  
Nic-a-phì  
Nic an Toisich  
NicAoidh  
NicIlllosa  
NicDhòmhnaill  
Niclain  
NicIllEathain  
NicLeòid  
NicNeill  
NicPhàrlain  
NicRath  
no  
not  
notaichean  
Nuadh-eòlas (m)  
nurs, an nurs (f)

obair, an obair (f)  
obair ghrinn  
obair mhath  
obair-dachaigh, an  
obair-dachaigh (f)  
An t-Òban, anns an Òban  
Obh, obh!  
Obar Dheathain, ann an  
Obar Dheathain  
Obar Pheallaidh, ann an  
Obar Pheallaidh  
ochd  
ochd uairean

Mull, in Mull  
Murdo

Don't...!  
in her bag  
in his bag  
of Scotland  
Aren't you lucky!  
in your bag  
in my bag  
in my opinion  
in my own opinion  
in my purse  
in my family  
ninety  
ninety nine  
nine  
nineteen  
nine o' clock  
either

waiter/waitress, the waiter/  
waitress

shop assistant, the shop  
assistant  
zero

MacPhee (female)  
MacIntosh (female)  
MacKay (female)  
Gillies (female)  
MacDonald (female)  
Johnson (female)  
Maclean (female)  
MacLeod (female)  
MacNeill (female)  
MacFarlane (female)  
MacRae (female)  
or

pound (money)  
pounds (money)  
Modern Studies  
nurse, the nurse

job, the job  
neat work  
good work

homework, the homework  
Oban, in Oban  
Oh dear!

Aberdeen, in Aberdeen

Aberfeldy, in Aberfeldy  
eight  
eight o'clock

ochd-deug  
ochdad  
ochdad 's a h-ochd  
An t-Ògmhios, anns an Ògmhios  
oir  
oirbh\*  
oirre  
orains  
orainsear, an t-orainsear (m),  
orainsearan  
òran, an t-òran (m), òrain  
orm  
ort  
ospadal, an t-ospadal (m)

Padraig  
paidh, am paidh (m)  
paidh ubhail  
pàirc, a' phàirc (f)  
partaidh, am partaidh (m),  
partaidhean  
partaidh co-là-breith  
partaidh Nollaig  
Peairt, ann am Peairt  
peann, am peann (m), pinn  
peansail, am peersail (m),  
peansailean  
peantadh (m)  
a' peantadh  
peata, am peata (m), peataichean  
Peigi  
peur, am peur (m), peuran  
pinc  
piobaireachd, a' phìobaireachd (f)  
piobar, am piobar (m)  
piotsa, am piotsa (m)  
piseag, a' phiseag (f), piseagan  
piuthar, a' phiuthar (f),  
peathraichean  
piuthar bheag  
piuthar mhòr  
planair, am planair (m), planairean  
Am Ploc, anns a' Phloc  
poca-peansail, am  
poca-peansail (m)  
poileas, am poileas (m)  
Pòl  
Port Rìgh, ann am Port Rìgh  
preasant, am preasant (m),  
preasantan  
prìs, a' phrìs (f), prìsean  
prìs mhath  
prògram, am prògram (m),  
prògraman  
purpaidh

eighteen  
eighty  
eighty eight  
June, in June  
because  
on you  
on her  
orange  
  
orange, the orange, oranges  
song, the song, songs  
on me  
on you  
hospital

Patrick/Peter  
pie, the pie  
apple pie  
park, the park  
  
party, the party, parties  
birthday party  
Christmas party  
Perth, in Perth  
pen, the pen, pens

pencil, the pencil, pencils  
painting  
painting  
pet, the pet, pets  
Peggy  
pear, the pear, pears  
pink  
piping, the piping  
pepper, the pepper  
pizza, the pizza  
kitten, the kitten, kittens

sister, the sister, sisters  
little sister  
big sister  
planner, the planner, planners  
Plockton, in Plockton

pencil case, the pencil case  
police officer  
Paul  
Portree, in Portree

present, the present, presents  
price, the price, prices  
good price

programme, the programme,  
programmes  
purple

Raonaid  
rathad, an rathad (m)  
Rathad na Sgoile  
reamhar  
reòiteag, an reòiteag (f)  
ro  
ro ghoirid  
Robasdan  
Ros  
Rothach  
ruadh  
Ruairidh  
rubair, an rubair (m), rubairean  
rud, an rud (m), rudan  
Rugadh mi ann an Uibhist.  
Rugadh mi anns an Dùbhlachd.  
rugbaidh, an rugbaidh (m)  
rùilear, an rùilear (m), rùilearan  
ruith (f)  
a' ruith  
rùnaire, an rùnaire

'S dòcha  
'S e ... a th' ann.  
'S e ... a th' ann an-diugh.  
'S e ... a th' annam.  
'S e ... a th' innte.  
'S e ... an t-ainm a th' air.  
'S e ... an t-ainm a th' air mo mhàthair.  
'S e ... an t-ainm a th' oirre.  
'S e ... an t-ainm a th' orm.  
'S e Diluain iuchair na seachdain.  
'S e do bheatha!  
'S e seo...  
'S e sin...  
'S e ur beatha!  
'S fhada bhon uair sin!  
'S math a rinn sibh!\*'S math a rinn thu!  
'S math sin!  
Saidheans (m)  
sailead, an sailead (m)  
sailead càise  
salann, an salann (m)  
sàmhach  
An t-Samhain, anns an t-Samhain  
saor  
(saor) an-asgaidh  
seacaid, an t-seacaid (f), seacaidean  
seachd  
seachd-deug  
seachd searbh sg' th  
seachd uairean  
seachdad

Rachel  
road  
School Road  
plump  
ice cream  
too  
too short  
Robertson  
Ross  
Munro  
reddish brown  
Roderick  
rubber, the rubber, rubbers  
thing, the thing, things  
I was born in Uist.  
I was born in December.  
rugby  
ruler, the ruler, rulers  
running  
running  
secretary, the secretary

maybe  
He's a...  
It is ... today.  
I'm a...  
She's a...  
His name is...  
My mum's name is...  
Her name is...  
My name is...  
Monday is the key to the week.  
You're welcome!  
This is...  
That is...  
You're welcome!  
Long time, no see!  
Well done!  
Well done!  
That's smashing/great!  
Science  
salad, the salad  
cheese salad  
salt, the salt  
quiet  
November, in November  
cheap  
free  
jacket, the jacket, jackets  
seven  
seventeen  
absolutely fed up  
seven o'clock  
seventy

seachdad 's a seachd  
Seadh.  
Seall!  
Seallaibh!\*Sealtainn, ann an Sealtainn  
a' sealltainn  
a' sealltainn film  
seanair, an seanair (m)  
seanmhair, an t-seanmhair (f)  
Seas!  
Seasaibh!\*a' seasamh  
seasgad  
seasgad 's a sia  
Seinn!  
seinn (f)  
a' seinn  
a' seinn na pìoba  
Seinnibh!\*seirbheis, an t-seirbheis (f),  
seirbheisean  
seo  
seòclaid, an t-seòclaid (f),  
seòclaidean

seòclaid theth, an t-seòclaid theth  
Seonag  
Seònaid  
Seòras  
Seumas  
sgarfa, an sgarfa (m), sgarfaichean  
sgillinn  
sgìoba, an sgìoba (f), sgiobaidhean  
sgìorta, an sgìorta (f), sgiortaichean  
sg' th  
sgoil, an sgoil (f), sgoiltean  
sgoilear, an sgoilear (m), sgoilearan  
sgoinneil  
Sgrìobh!  
a' sgrìobhadh  
a' sgrìobhadh na deit  
Sgrìobhadh snog!  
Sgrìobhaibh!\*Sguir!  
Sguir dheth sa mhionaid!  
Sguiribh!\*sia  
sia uairean  
sia-deug  
silidh, an silidh (m)  
sin  
Sin thu/sibh!\*Sìne  
siùcar, an siùcar (m)  
Siùsaidh

seventy seven  
Uh-huh  
Look!  
Look!  
Shetland, in Shetland  
showing/looking  
showing a film  
grandfather, the grandfather  
grandmother, the grandmother  
Stand!  
Stand!  
standing  
sixty  
sixty six  
Sing!  
singing  
singing  
playing the pipes  
Sing!  
service, the service, services  
here  
chocolate, the chocolate, chocolates  
hot chocolate, the hot chocolate  
Joan  
Janet  
George  
James  
scarf, the scarf, scarves  
penny/pence  
team, the team, teams  
skirt, the skirt, skirts  
tired  
school, the school, schools  
pupil, the pupil, the pupils  
fantastic  
Write!  
writing  
writing the date  
Nice writing!  
Write!  
Stop!  
Stop it now!  
Stop!  
six  
six o'clock  
sixteen  
jam, the jam  
there  
There you are!  
Jean or Jane  
sugar, the sugar  
Susan/Susie

sliseagan, na sliseagan	chips, the chips
snàmh (m)	swimming
a' snàmh	swimming
snog	nice
spaideil	smart
sporan, an sporan (m)	purse/wallet, the purse/wallet
Spòrs (f)	PE
spòrs (f)	sport
Sruighlea, ann an Sruighlea	Stirling, in Stirling
